NàdarAlba

Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan

2020/21

NatureScot
NàdarAlba
Scotland's Nature Agency
Buidheann Nàdair na h-Alba

'S e NàdarAlba an t-ainm obrachaidh aig Dualchas Nàdair na h-Alba. Bu chòir gabhail ris a h-uile iomradh air NàdarAlba mar iomradh air Dualchas Nàdair na h-Alba ann an seagh laghail.

Clàr-innse

Dealbh aghaidh: Geòidh phinc-casach ag ionaltradh ann an achaidhean faisg air Usan, Mon Rois, Aonghas

Aithisg Dèanadais

Bun-structar Uaine

Fosgladh slighe uile-chomasach ann an Claypits, Glaschu. Màrt 29mh 2018. Com-pàirteachas eadar Canalan na h-Alba; Sustrans; NàdarAlba agus buidhnean coimhearsnachd ionadail. Thogadh an t-slighe le airgead bho Mhaoin a' Bhun-structair Uaine

Àrd-shealladh Dèanadais

Facal-toisich

B' iongantach a' bhliadhna a bh' againn am-bliadhna. Chuireadh dùbhlan àraid ro NàdarAlba, agus ro bhuidhnean eile, is sinn a' freagairt ris an lèir-sgaoileadh is a' leantainn oirnn le ar cuid obrach ri linn atharrachadh na gnàth-shìde agus call bith-iomadachd.

Tha geàrr-iomradh air ar cuid dèanadais sa bhliadhna dhùbhlanaich seo ri fhaicinn anns an aithisg is a' chunntas bhliadhnail seo airson 2020/21. 'S e *Tha E Nar Nàdar* a thug sinn air a' phlana ghnìomh bliadhna a trì againn. Tha dà phrìomhachas gan cur an cèill ann: A' Neartachadh Bith-iomadachd agus Air cheann fhuasglaidhean nàdarra ri linn atharrachadh na gnàth-shìde.

Bha dùbhlanan mòra an cois riaghailtean Covid-19. Ach thog sinn stèidh làidir airson leasachadh leantainneach ann an nàdar is brosnachadh barrachd dhaoine gu bhith a' faighinn tlachd às an t-saoghal nàdarra mun cuairt orra is sinn a' stèidheachadh ar cuid obrach air slàinte ar luchd-obrach is cumail taic ris an t-slànachadh uaine.

Tha e soilleir gu bheil muinntir na h-Alba air sòlas, slànachadh is cofhurtachd fhaighinn à nàdar tro bhliadhna a bha dùbhlanach. Bha cothrom aig daoine ceangal a dhèanamh le nàdar agus tha sinn an dòchas gum fàs an ceangal sin nas treasa do chuid sna mìosan a tha romhainn.

Chaidh ar n-ainmeachadh às ùr mar NàdarAlba air 24 Lùnastal 2020. Tha an t-ainm againn ag innse cò sinne, dè nì sinn agus carson a nì sinn e. Mar as treasa an t-ainm againn 's ann as èifeachdaiche a tha sinn is sinn a' neartachadh na h-àrainneachd nàdarra againn is a' brosnachadh muinntir na h-Alba gu barrachd suim a chur ann.

Chuireadh dùbhlanan mòra romhainn tro 2020/21 air sgàth lèir-sgaoileadh Covid-19. Fhreagair sinn ris an dùbhlan mar bhuidheann is sinn a' sònrachadh ar prìomhachasan gu sgiobalta airson freagairt ris an dà chuid cunnartan is cothroman. Leig am maoineachadh a thug sinn do na Dòighean-obrach Againn Atharrachadh Gu Tur leis a' mhòr-chuid den luchd-obrach againn an cuid obrach a dhèanamh aig an taigh gun mòran buaidh air mar a choilean iad an dleastanasan.

Bha dàil ann an 2020/21 air lìbhrigeadh phròiseactan a fhuair maoineachadh tro Ìre 2 den Mhaoin Bun-Structair Uaine leis a' Mhaoin Leasachaidh Dhùthchail Eòrpach (ERDF) air sgàth Covid-19. Tòisichidh na pròiseactan Bun-structair Uaine ERDF seo air an robh dàil ann an 2021/22 a-nis a dh'adhbharaicheas maoineachadh a bharrachd de £8.9m airson càileachd, meud is so-ruigsinneachd bun-structar uaine a th' air a dheagh riaghladh a leasachadh ann an cuid de na sgìrean as easbhaidhich ann an Alba. Tha sinn air lùghdachadh fhaicinn an cois Peatland Action air sgàth riaghailtean Covid ach tha sinn air £6.215m a mhaoineachadh a liubhairt gu soirbheachail airson 3,600ha de thalamh mòintich ath-stèidheachadh. Chaidh maoineachadh a bhuileachadh air 16 pròiseactan eile anns an dàrna cuairt den Mhaoin Dùbhlain Bith-iomadachd is iad a' cur ri lìbhrigeadh obair luach £2.45m tron bhliadhna, cho math ri £0.387m agus 35 pròiseactan tron mhaoin Àitichean Nas Fheàrr a tha stèidhichte air ath-bheothachadh uaine a lìbhrigeadh do na coimhearsnachdan againn.

Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh an ath phlana chorporra againn airson 2022 gu 2026. Tha sinn air trì roinnean a shònrachadh far a bheil NàdarAlba den bheachd gun urrainn dhuinn diofar a dhèanamh. 'S iad sin: a' cur air adhart fhuasglaidhean nàdarra airson an àrainneachd a neartachadh don a h-uile duine; a' dèiligeadh ri èiginn na gnàth-shìde is sinn air cheann riaghladh ghoireasan nàdarra airson cothromachadh carboin air muir is tìr; agus, a' cur luach eaconamach às ùr air na buannachdan an cois calpa nàdarra. Dearbhaidh an obair dealbhaidh bhuidhneil am modal obrach as fheàrr a fhreagras oirnn is sinn a’ lìbhrigeadh nan tairgsean seo air feadh an ath phlana chorporra againn.

Fhad is a tha sinn ri còmhradh air seo cuide ris na com-pàirtichean is an luchd-cleachdaidh againn, thèid an dòigh smaoineachaidh againn a dhealbhadh tro dhà cho-labhairt eadar-nàiseanta chudromaich. Tha sinn an dùil gun stèidhich an Co-chruinneachadh air Bith-iomadachd - Co-labhairt nam Pàrtaidhean ann an Sìona (CoP15) ro-innleachd shoilleir airson crìonadh bith-iomadachd na cruinne ath-thilleadh. Agus thèid an tuilleadh aonta eadar-nàiseanta a shireadh aig CoP26 ann an Glaschu airson crìoch de 1.5 cheum de bhlàthachadh cruinneil. Tha sinn an dùil gum bi fuasglaidhean nàdarra air leth follaiseach.

Tha sinn air ar cuid ghnìomhan a choileanadh gu math tro 2020/21 is sinn air adhartas a dhèanamh leis a’ mhòr-chuid den obair againn a dh’aindeoin nan dùbhlanan an cois Covid-19. Chaidh seo a choileanadh tro dhealas, dìorras agus eòlas nan co-obraichean againn air feadh na buidhne. ’S iad a’ mhaoin as cudromaiche againn agus tha sinn nan taing airson leigeil leinn an t-adhartas a rinn sinn tron bhliadhna a choileanadh.

Tha sinn den bheachd gu bheil sinn nas treasa agus nas seasmhaich. Tha sinn a’ dèanamh fiughair le misneachd agus le àrd-amas ri bhith a’ coileanadh do dh’Alba anns a’ bhliadhna a tha romhainn.

Mike Cantlay,
Cathraiche

Francesca Osowska,
Àrd-oifigear

Mu dheidhinn NàdarAlba

Tha NàdarAlba na bhuidheann phoblach neo-roinneil a tha cunntachail do Mhinistearan na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba. 'S e ar n-obair reachdail:

- Glèidheadh agus neartachadh nàdair agus na h-àrainneachd;
- Brosnachadh tuigse air agus adhbharachadh tlachd à nàdar agus an àrainneachd;
- Solarachadh comhairle air cleachdadh is stiùireadh seasmhach nàdair agus na h-àrainneachd;
- Cur ri glèidhteachas agus stiùireadh seasmhach nam fiadh ann an Alba.

Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas, tro cho-obrachadh, co-rèiteachadh agus co-aontachadh, leis a h-uile ùidh iomchaidh ann an Alba, le buidhnean is daoine poblach, prìobhaideach is saor-thoileach. Bidh sinn a' co-roinn nan dleastanasan obrach againn, a' co-roinn dèanamh cho-dhùnaidhean gu ìre ionadail, agus a' leigeil leis a' bhuidhinn againn a bhith so-ruigsinneach, tuigseach agus freagarrach do dh'fheuman is suidheachaidhean ionadail. Tha sinn ag obair gu fosgailte agus gu cunntachail anns a h-uile rud anns a bheil sinn an sàs.

Tha na luachan buidhne againn a' leigeil leinn ar cuid amasan a choileanadh agus a' cur an cèill ciamar a tha sinn ag obair leis na co-obraichean agus com-pàirtichean againn:

- Bidh sinn a' conaltradh gu soilleir agus gu h-onorach;
- Bidh sinn ag èisteachd ri agus a' cur luach ann am beachdan dhaoine eile agus bidh sinn a' dèiligeadh leis a h-uile duine gu modhail;
- Bidh sinn ag iarraidh air daoine an dìcheall a dhèanamh;
- Bidh sinn a' coileanadh na bhios sinn a' gealltainn;
- Bidh sinn dèanadach agus deònach atharrachadh;
- Bidh sinn ag obair còmhla is ag ionnsachadh bho chàch a chèile.

Tha ar n-Aithisg Bhliadhnail airson 2020/21 ga taisbeanadh ann an trì pàirtean:

- An **Aithisg Dèanadais** – anns a bheil sealladh farsaing 's geàrr-chunntas agus an uair sin sgrùdadh anns am faighear barrachd fiosrachaidh. Tha an aithisg a' cur an cèill ar prìomh amasan, ro-innleachdan agus prìomh chunnartan agus geàrr-chunntas air dèanadas tron bhliadhna;
- An **Aithisg Cunntalachd** – a' gabhail a-steach prìomh aithrisean agus aithisgean a tha a' cur an cèill mar a choileanas NàdarAlba feumalachdan cunntalachd agus gèilleadh do dheagh riaghlachas corporra;
- Na **Prìomh Aithrisean Ionmhais** – a' gabhail a-steach nan Cunnartasan Bliadhnail airson 2020/21.

Ar Ro-innleachd

Tha ar Plana Corporra 2018-22 ‘A’ Ceangal Dhaoine agus Nàdar’ a’ cur an cèill ceithir builean a chuidicheas ri dùthaich nas uaine, nas fhallaine ’s nas beairtiche a chruthachadh do mhuinntir na h-Alba:

— Tha barrachd dhaoine air feadh na h-Alba a’ faighinn tlachd is buannachd à nàdar;
— Slàinte agus seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas;
— Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba is a liubhairt airson soirbheachas is slàinte a thoirt am feabhas;
— Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur.

Tha structar-eagrachais NàdarAlba stèidhichte air na ceithir builean seo.

Tha na builean seo a’ cumail taic ri lìghrigeadh an dà phrìomhachais ro-innleachdail a chìthear ann an *Tha E Nar Nàdar: Bliadhna a Trì*, am plana-gnìomhachais againn do 2020/21. Is iad:

A’ Neartachadh Bith-iomadachd

’S e cunnart eadar-nàiseanta thar iomadh ginealach a th’ ann an call bith-iomadachd do shlàinte mhic-an-duine agus slàinte na cruinne. Tha dìth ceangail le nàdar agus an dòigh nach eil spèis ga toirt dha nàdar an lùib cho-dhùnaidhean air cùl a’ ghàbhaidh seo. Tha sinn a’ freagairt ris na prìomh adhbharan an lùib call bith-iomadachd nar cuid obrach – atharrachadh dòighean cleachdaidh na talmhainn is na mara, atharrachadh na gnàth-shìde, a’ gabhail dubh-bhrath air fàs-bheartan, gnèithean ionnsaigheach neo-dhùthchasach agus truailleadh.

Air Cheann Fhuasglaidhean Nàdarra mu choinneimh Atharrachadh na Gnàth-shìde

Tha atharrachadh na gnàth-shìde agus bith-iomadachd ceangailte gu dlùth ri chèile – tha atharrachadh na gnàth-shìde air aon de na prìomh adhbharan air cùl call bith-iomadachd, cho math ris na builean eile a leithid atharrachadh phàtranan sìde na cruinne agus sìde nas anabarrach na cois a leithid thuiltean a bharrachd. Bidh sinne air cheann is sinn a’ cur air adhart cruth-atharrachadh an cois cleachdadh na talmhainn is na mara. Tha sinn air dòighean nàdarra a leasachadh airson talamh mòintich, choilltean, talamh-feòir, bhoglaichean, ùirean, carbon gorm agus bun-structar uaine airson carbon a ghlacadh, airson freagairt ri atharrachadh na gnàth-shìde agus airson staid nàdair a neartachadh. Taobh a-staigh na buidhne, tha sinn air na sgaoilidhean carboin againn a lùghdachadh is sinn a’ cur romhainn gun cuir sinn ri eaconamaidh cothromachadh carboin ro 2045.

Bidh sinn a' planadh, ag eagrachadh 's a' riarachadh ghoireasan airson na ceithir builean againn a choileanadh tro shreath ghnìomhan. Chaidh sia raointean-obrach a shònrachadh mar bun-obair airson na builean seo a liubhairt ann an 2020/21. Tha iad a' cur taic ri co-dhùnaidhean làithean is san ùine fhada.

Tha **ar ro-innleachd** a' tighinn a rèir Frèam Dèanadais Nàiseanta (NPF) Riaghaltas na h-Alba a chaidh ùrachadh ann an 2018. Bha aon toradh nàiseanta deug gan comharrachadh airson a chuid amasan a choileanadh. Tha sinn an sàs le bhith a' cur taic dhìreach gu còig de na toraidhean (gan sònrachadh gu h-ìosal) agus sinn a' cur ris a' chòrr dhuibh gu neo-dhìreach.

Bithear a' measadh adhartas air coileanadh Frèam Dèanadais Nàiseanta le 81 comharran nàiseanta. Tha tuilleadh fiosrachaidh air na comharran a bhios sinn a' stiùireadh no ris am bi sinn a' cur anns an earrainn air Sgrùdadh Dèanadais, **Dèanadas an coimeas ri Comharran Frèam Dèanadais Nàiseanta.**

Ar Cuid Dèanadais

Chithear anns an roinn seo geàrr-chunntas air dèanadas mu choinneimh gach buile agus air lìbhrigeadh thar nan sia roinnean a chaidh a shònrachadh an cois **Ar Ro-innleachd** a bheireadh am Plana Gnìomhachais againn gu buil. Tha an tuilleadh fiosrachaidh air ar cuid dèanadais ri fhaighinn fo gach buile agus mu choinneimh nan comharraidhean againn air a chur an cèill ann an roinn **Sgrùdadh Dèanadais** na h-aithisg seo.

Buile 1: Tha barrachd dhaoine air feadh na h-Alba a' faighinn tlachd 's buannachd à nàdar

Chaidh a dhearbhadh uair eile ann an 2020/21 gu dè cho cudromach is a tha nàdar a thaobh slàinte is sunnd. Lìbhrig sinn fhèin is com-pàirtichean prògram obrach a shònraich cothroman airson nàdar a chleachdadh is ceangal a dhèanamh leis. Chaidh a thoirt gu buil tro iomairtean air-loidhne agus stiùireadh maoineachaidh do na h-àiteachan far am faighear buile nas motha. Fhuaireadh barrachd maoineachaidh airson an ama ri teachd a chumas taic ri pròiseactan com-pàirteachaidh mòra leantainneach is an cuid bhuannachdan.

B' i 2020 a' bhliadhna a rinn daoine ceangal le nàdar. Ghabh daoine an cothrom am bogadh fhèin ann an nàdar nas fhaisge air an taigh leis gun robh riaghailtean siubhail an sàs agus chunnaic sinn àrdachadh san àireimh de luchd-tadhail aig na Tèarmainn Nàdair Nàiseanta (NNR) againn agus sa bhlàr a-muigh air feadh na h-Alba. Tha sinn air cothroman a thoirt seachad do dhaoine ceangal a dhèanamh le nàdar às bith càite bheil iad tro ar cuid obrach a chumas taic ri cothroman cleachdaidh a-muigh is stiùireadh an fhearainn againn. Tha barrachd luchd-tadhail ag adhbharachadh barrachd dhùbhlanan an cois làimhseachadh luchd-tadhail. Tha sinn air co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail, buidhnean coimhearsnachd is buidhnean saor-thoileach airson comasan is seasmhachd a neartachadh. Leis gu bheilear an dùil ri ìrean mar sin de chleachdadh le luchd-tadhail am-bliadhna, thig barrachd seasmhachd is dòigh-obrach nas com-pàirteachail air riaghladh luchd-tadhail ann an 2021/22 tro ar cuid obrach is maoineachaidh am-bliadhna.

Am measg nam Prìomh Leasachaidhean:

Cor	Prìomh leasachaidhean
✓	A' cur an sàs a' chiad ìre de phrògram obrach ùr airson barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu tlachd is ionnsachadh fhaighinn à nàdar is cùram a thoirt dha nas fhaisge air an taigh.
✓	A' dèanamh argamaid tro fhianais agus sàr-chleachdadh airson fhuasglaidhean nàdarra sna bailtean beaga is mòra againn.
✓	A' toirt gu buil sreath de roghainnean maoineachaidh air an sònrachadh a chumas taic ri cruthachadh teachd a-steach is iomadachd anns na Tèarmainn Nàdair Nàiseanta againn.
✗	A' leasachadh nan roghainnean maoineachaidh againn sna Tèarmainn Nàdair Nàiseanta againn – tha dàil air seo gu ruige 2021/22 mar thoradh air ath-òrdachadh obrach air sgàth Covid-19. Leig seo leinn ar cuid oidhirpean a stèidheachadh air freagairt ris na dùbhlanan a dh'èirich air sgàth barrachd gnìomh an cois lìbhrigeadh luchd-tadhail.

Clàr:

✓ Coileanta/a rèir a' chlàir-ama

✗ Cha do choileanadh adhartas mar a bha dùil ach gabhaidh ath-aiseag ann an 2020/21

Buile 2: Slàinte is seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas

Ann an 2020/21, chuir sinn maoin Dùbhlan Bith-iomadachd luach £1.8m a bharrachd air dòigh, stèidhich sinn maoin a bharrachd airson 2021/22 agus thug sinn seachad ceannas nàiseanta air bith-iomadachd tro leasachadh frèam bith-iomadachd na h-Alba an dèidh 2020. Bhathar an dùil bith-iomadachd a thoirt fa chomhair an t-saoghail tro Cho-labhairt nam Pàrtaidhean 15 (COP 15) ann an Sìona. Chaidh dàil a chur air seo gu ruige an Dàmhair 2021 air sgàth Covid-19.

Mar bhuidheann a tha an eisimeil fianais, tha Covid-19 air buaidh mhòr a thoirt air a' chomas againn airson fianais a thrusadh a bheireadh am fiosrachadh as ùire seachad airson taic a chumail ri còmhraidhean le daoine/buidhnean eile no airson pàtranan ann an gnèithean is àrainnean a shònrachadh. Thug Citizen Science fiosrachadh riatanach seachad airson a' bheàrn seo a lìonadh agus tha NàdarAlba mothachail air oidhirpean nan saor-thoileach a bha an sàs.

Tro na com-pàirteachasan againn le buidhnean eile, tha sinn air ceannardas a leasachadh is sinn a' brosnachadh fhuasglaidhean nàdarra airson eaconamaidh cothromachadh carboin agus saoghal a tha beairteach is daingeann a thaobh nàdair agus air an stiùireadh dàta mara againn a thoirt am feabhas. Tha Riaghaltas na h-Alba air 4 Roinnean Dìon Mara a bharrachd a shònrachadh ann an 2020/21. Chaidh na roinnean seo ainmeachadh mar thoradh air obair le luchd-obrach NàdarAlba thar iomadh bliadhna cho math ri com-pàirteachas le JNCC agus Natural England, agus co-chomhairleachadh poblach is còmhraidhean farsaing le luchd-ùidh. Tha iad a' riochdachadh mar a tha sinn air cur gu mòr ri gleidheadh nan gnèithean seo agus ris a' mhuir ann an Alba.

Am measg nam Prìomh Leasachaidhean:

Cor	Prìomh leasachaidhean
✓	A' toirt seachad ceannardas nàiseanta air bith-iomadachd, a' stiùireadh leasachadh frèam bith-iomadachd na h-Alba an dèidh 2020.
✓	A' leasachadh dleastanas ceannardais is sinn a' brosnachadh fhuasglaidhean nàdarra airson eaconamaidh cothromachadh carboin agus saoghal a tha beairteach is daingeann a thaobh nàdair.
✓	Air cheann aithris air staid nàdair agus nan gnìomhan airson freagairt ris na h-adhbharan atharrachaidh le Intergovernmental Science-Policy Platform on Biodiversity and Ecosystem Services (IPBES).
✓	A' toirt am feabhas an dòigh a tha sinn a' làimhseachadh dàta mara is sinn a' coileanadh leud is dealbhadh Marine Recorder 2020.
✗	Tha dàil air an obair leasachaidh againn air ro-innleachd sgrùdaidh lìonra na Roinnean Mara an Alba, air sgrùdadh lìonra nan Roinnean agus air dìon Prìomh Fheartan Mara dhan Chiad Chairteal de 2021/22. Tha na roinnean seo an eisimeil a chèile agus tha iad feumach air com-pàirteachadh le luchd-ùidh is dearbhadh air dleastanasan air na prìomh làraichean mus tèid iad am feabhas.

Clàr:

✓ Coileanta/a rèir a' chlàir-ama

✗ Cha do choileanadh adhartas mar a bha dùil ach gabhaidh ath-aiseag ann an 2020/21

Fearsaideag (Cakile maritima),
Sumburgh, Sealtainn

Buile 3: Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba is a liubhairt airson soirbheachas is slàinte a thoirt am feabhas

Chuireadh iomadh dùbhlan mòr romhainn tron bhliadhna cho math ri cothrom air leth agus atharrachadh na gnàth-shìde is call bith-iomadachd air nochdadh nas trice air aire an t-sluaigh agus tha a' bhun-smuain air slànachadh uaine air a dhol na beachd àbhaisteach. Bha sinn toilichte gun do nochd a' chomhairle a chùm sinn ri Buidheann Comhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba air Slànachadh Eaconamach anns an aithisg aca, agus na measg Calpa Nàdarra mar aon de na ceithir stèidhean airson slànachadh eaconamach. Chuir an sgrùdadh againn air obraichean is sgilean nàdair ri Plana Gnìomh Sgilean ri linn Èiginn na Gnàth-shìde.

Thug sinn eileamaidean cudromach gu buil de Agri-Environment Climate Scheme (AECS) do mhanaidsearan fearainn is chùm sinn taic ri freagairtean le Riaghaltas na h-Alba dha na sgrùdaidhean neo-eisimeileach air Stiùireadh Mhòintichean nan Cearcan-fraoich is Stiùireadh Fhiadh ann an Alba. Chùm sinn taic cuideachd ri plana is prògram atharrachaidh Riaghaltas na h-Alba air atharrachadh na gnàth-shìde tro thuigse nas fheàrr air mar a bheir cladaichean gluasadach is stòras carboin buaidh air àrainnean mara. Tha a' mhaoin againn 'Plunge In!' airson 2020 Bliadhna nan Costaichean is nan Uisgeachan a' cumail taic ri conaltradh is tachartasan air feadh na h-Alba. Thòisich obair air cruthachadh maoin ùr airson leasachadh àrainneachd na mara.

Rinn sinn adhartas mòr air nàdar a dhaingneachadh aig teis-meadhan a' cheathramh Frèam Dealbhaidh Nàiseanta, air ceannardas a thoirt seachad agus air taic a chumail ri Riaghaltas na h-Alba air a' bhuidhinn-obrach Builean Matha do Bhith-iomadachd. Chùm sinn fiosrachadh cudromach ri dealbhadh ro-innleachdail dha roinn na gaoithe an cois cladaich, mar eisimpleir dhan luchd-leasachaidh aig a bheil ùidh sa phròiseas ScotWind airson cheadan thuathanasan-gaoithe ùra.

Am measg nam Prìomh Leasachaidhean:

Cor	Prìomh leasachaidhean
✓	A' com-pàirteachadh le prìomh bhuidhnean is roinnean gnìomhachais gus an gabh iad brath air na buannachdan co-fharpaiseach an cois nàdair agus gus an cuir iad maoineachadh ri fuasglaidhean nàdair a tha riatanach mar fhreagairt air èiginn na gnàth-shìde is bith-iomadachd.
✓	A' toir seachad taic Àiteachais-Àrainneachd dha stiùirichean fearainn is sinn a' lìbhrigeadh sìneadh cùmhnaint do mhanaidsearan fearainn a tha a' tighinn às a' phrògram AECS làithreach.
✓	A' toirt seachad ceannardas is sinn a' stèidheachadh dhòighean calpa nàdarra an Alba agus a' leasachadh dealbhadh Maoineachadh Calpa Nàdarra.
✓	A' toirt buaidh air dealbhadh phoileasaidhean fearainn – gu sònraichte tro dheuchainn air Dòigh-obrach Stèidhichte air Builean a thaobh brosnachadh poblach an Alba.
✓	A' lìbhrigeadh mholaidhean èifeachdach air dealbhadh roinneil ro-innleachdach is dealbhadh spàsail mara agus comhairle air prìomh leasachaidhean, airson cleachdadh seasmhach nan cladaichean is na mara againn.

Clàr:

✓ Coileanta/a rèir a' chlàir-ama

✗ Cha do choileanadh adhartas mar a bha dùil ach gabhaidh ath-aiseag ann an 2020/21

Buile 4: Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur

Bha feum air atharrachadh ro shaoghal a bha a' sìor-atharrachadh air sgàth buaidh Covid-19. Stèidhich sinn ar cuid oidhirpean air sunnd an luchd-obrach airson taic a chumail ri seasmhachd na buidhne againn. Chùm sinn taic ri seo tro mhaoineachadh sa bhun-structar againn airson chothroman ùra a dh'adhbharaich dòighean-obrach nas ciallaiche, dìon coimpiutaireachd nas treasa agus obair gnìomhachais nas sàbhailte. Chaidh greasad a chur air leasachadh cuid de na siostaman is àiteachan-obrach againn airson cur ris an t-slànachadh agus cuid eile nam prìomhachas a-nis aig toiseach 2021/22.

Tha sinn ann an suidheachadh fàbharach airson targaid cothromachadh carboin ro 2035 a thoirt gu buil, 19 bliadhna ron targaid nàiseanta tro ar cuid obrach air Plana Gnìomh Slànachadh Uaine. Tha sinn air beum a chur air cho cudromach is a tha nàdar is a cheanglaichean le sunnd is slàinte tron ath-ainmeachadh againn mar NàdarAlba is iomairtean conaltraidh.

Tha lìbhrigeadh a' Phlana Ghnìomh againn air a dhaingneachadh le cleachdadh cuimsichte den bhuidseat againn is sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh is dàta againn nas luachmhoire is comasach air an cleachdadh a-rithist leis a' mhòr-shluagh tro uidheaman-smachdachaidh nas treasa is sinn a' cumail ri riatanasan is laghan riaghlaidh. Tha sinn air an targaid de £1.368m de shàbhalaidhean èifeachdais a choileanadh.

Mar thoradh air Covid-19 tha na cosgaisean obrach againn nas ìsle ach tha buaidh mhòr air na comasan teachd a-steach againn leis na cosgaisean seirbheis a chuireas sinn air an luchd-cleachdaidh againn. Phàigh sinn suimean faochaidh do chom-pàirtichean beaga on taobh a-muigh gus am b' urrainn dhaibh obair cùmhnaint a lìbhrigeadh. Tha an tuilleadh fiosrachaidh ann am **Poileasaidh Pàighidh Sholaraichean (t.d. 48).**

Am measg nam Prìomh Leasachaidhean:

Cor	Prìomh leasachaidhean
✓	A' leasachadh plana deich bliadhna airson an raon oifisean againn a tha a' tighinn a rèir modal obrach ùr NàdarAlba agus lèirsinn sa bheil nàdar beairteach airson 2030.
✓	A' meudachadh an raoin de thùsan maoineachaidh gus an leudaich sinn ar cuid maoineachaidh ann an nàdar.
✓	Ag atharrachadh gu tur comas didseatach na buidhne is a' lìbhrigeadh a' bhun-structair is nan seirbheisean airson teicneòlasan ùra is innleachdach a chur gu deagh fheum.
✓	A' leasachadh is a' stèidheachadh iomairt fiosrachaidh don mhòr-shluagh 'Dèan Àite Dha Nàdar'.
✗	Chuir Covid-19 maill air planaichean an raoin sheilbh againn. Leasaich sinn cothroman airson àrainn obrach sheasmhach a thairgsinn don a h-uile neach-obrach againn.

Clàr:

✓ Coileanta/a rèir a' chlàir-ama

✗ Cha do choileanadh adhartas mar a bha dùil ach gabhaidh ath-aiseag ann an 2020/21

Odharan mòr, Heracleum mantegazzianum, a' fàs ri taobh Uisge Tatha, Peairt.

Geàrr-chunntas Ionmhais

Cosgais Lom an aghaidh Bhuilean

Tha cosgaisean lom roinnte thar nan ceithir builean airson amasan a' phlana chorporra againn a thoirt gu buil. Tha barrachd fios air na chaidh a chosg thar nan ceithir builean ri fhaicinn anns an fhiosrachadh roinnte (**brath ionmhasail nota 3**).

Cosgais an aghaidh Bhuilean



Teachd A-steach agus Ionmhas

Bidh NàdarAlba a' faighinn Tabhartas mar Chobhair (GIA) bho Riaghaltas na h-Alba airson a' mhòr-chuid de ar cuid obrach a mhaoineachadh. Tha teachd a-steach bho thachartasan (**brath ionmhasail nota 6**) agus maoineachadh on taobh a-muigh (**brath ionmhasail nota 5, 7 is 9**) a' toirt cothrom dhuinn pròiseactan co-obrachaidh a ghabhail os làimh is seirbheisean a cho-roinn. Tha fiosrachadh air fìor-iomlan an taca ris a' bhuidseat ga shealltainn ann an **Geàrr-chunntasan Ionmhais, Àrainneachd agus Sòisealta san aithisg air sgrùdadh dèanadais.**



Cosgaisean

Tha na cosgaisean luchd-obrach againn mar £28.7m (**brath ionmhasail nota 3**), 51% de bhuidseat Crìoch Cosgais Roinneil (DEL). 'S e buidheann comhairle a th' ann an NàdarAlba agus bidh sinn a' liubhairt ar cuid phrìomhachasan tro ar luchd-obrach (**brath ionmhasail nota 8**). Tha cosgaisean obrachaidh (**brath ionmhasail nota 12**) a' riochdachadh raon chosgaisean an lùib ar n-amasan a choileanadh leithid tabhartasan, rannsachadh, stiùireadh Thèarmann Nàdair Nàiseanta agus aontaidhean stiùiridh. Tha na cosgaisean eile (**brath ionmhasail nota 11**) mar thoradh air cosgaisean obrachaidh na buidhne airson ar n-amasan a choileanadh.

Prìomh Chunnartan

Tha sinn a' dèiligeadh ri ar cuid chunnartan tro Chlàr Chunnartan Corporra. Tha seo a' dearbhadh gu bheilear a' sgrùdadh nan cunnartan an cois a' chomais againn airson ar cuid obrach a lìbhrigeadh fad na bliadhna is gan aithris gu cunbhalach don Sgioba Stiùiridh is don Bhòrd againn. Ann an 2020/21 bha còig prìomh chunnartan againn a bha gam meas aig àrd-ìre tron bhliadhna.

Prìomh Chunnartan	Lasachadh Chunnartan
Buaidh Gnìomhachais Covid-19	B' urrainn do Chovid-19 buaidh mhòr a thoirt air gnìomhan is builean gnìomhachais air sgàth a' ghluasaid gu obrachadh bhon dachaigh, neo-làthaireachd luchd-obrach a dh'fhaodadh a bhith ann agus eu-comas air prìomhachasan Plana Gnìomh is obair reachdail leinn fhèin no tro luchd-ùidh is luchd-cùmhnaint a thoirt gu buil. Chaidh Buidheann Ath-shlànachadh Gnìomhachas Ro-innleachdail a chur an sàs a stèidhich is a chùm sùil air dòighean-smachdachaidh a chaidh a dhealbhadh airson a' bhuaidh seo a sheachnadh; bha dòighean-smachdachaidh ann a leithid obrachadh nas ciallaiche, maoineachadh coimpiutaireachd is beum air sunnd.
Bhìoras Coimpiutair	Thugadh ionnsaighean mòra air buidhnean poblach eile an 2020/21 is mura b' e gun robh dìon freagarrach is siostam iomchaidh aig NàdarAlba, bhiodh cunnart ann ro bhìoras agus siostaman is dàta millte is air a dhol sìos, ùine nuair nach biodh siostaman ag obrachadh agus buaidh mhòr air an obair againn. Tha an sgioba dìon coimpiutaireachd againn air a bhith gnìomhach a' làimhseachadh seo tro shiostaman dìon làidir agus togail aire an luchd-obrach.
SRDP – Builean airson Dualchas Nàdarra	Mar thoradh air mì-chinnt a thaobh phrògraman Eòrpach is ìrean maoineachaidh san àm ri teachd, tha cunnart ann nach lìbhrig sinn na h-amasan gu lèir againn tron dòigh-obrach seo. Thathar a' làimhseachadh seo tro mhaoineachadh cuimsichte a tha a' liubhairt phrìomhachasan NàdarAlba, a' sgrùdadh mar a tha com-pàirteachadh a' cur ri coileanadh bhuilean agus le bhith a' lorg thùsan maoineachaidh eile.
Cuairt mhaoineachaidh bhliadhnail	A chionn is gur e cuibhreannan buidseit fad bliadhna a tha an cois a' phrògraim Peatland Action, is dòcha nach tèid targaidean ath-bheothachaidh is cosg a choileanadh air sgàth adhbharan a leithid ùine lìbhrigidh air leth teann eadar an Dàmhair is am Màrt agus cunnartan ro shìde gheamhradail. Thathar an dùil an cunnart seo a lùghdachadh sna bliadhnaichean ri teachd tro gheallaidhean air rèiteachadh thar iomadh bliadhna cho math ri dòighean-smachdachaidh làidir a chumas taic ri sgrùdadh is aithris leantainneach.
Riaghladh Fiadh-bheatha – A' Bhuaidh Againn air Luchd-ùidh	Tha sinn ag obair mar bhuidheann le buidhnean eile airson amasan cumanta a choileanadh is sinn a' lìbhrigeadh Plana Gnìomh NàdarAlba. Mura b' urrainn dhuinn com-pàirteachadh le luchd-ùidh air riaghladh fiadh-bheatha is ma dh'fhaodte gum fàilligeadh oirnn builean fiadh-bheatha is nàdair a choileanadh. Tha sinn air com-pàirteachasan is conaltradh le luchd-ùidh a ghleidheadh is sinn a' dearbhadh phlanaichean conaltraidh air pròiseactan connspaideach agus a' gleidheadh sgilean iomchaidh an luchd-obrach airson riaghladh èifeachdach fiadh-bheatha a thoirt gu buil.

Airson an tuilleadh fios faicibh **cunnartan agus teagamhan** agus **Frèam Riaghlachais NàdarAlba**.

Sgrùdadh Dèanadais

Àite uaine.
Boireannach ag obair air a lot,
Glaschu, Sgìre Shrath Chluaidh
is Siorrachd Àir

Dèanadas an coimeas ri Prìomh Thargaidean

Cho math ri bhith ag aithris air na tha sinn air cur ri **Frèam Dèanadais Nàiseanta**, bidh sinn a' sgrùdadh agus ag aithris air na choilean sinn a thaobh ar prìomh thargaidean. 'S iad seo amasan sònraichte a tha sinn airson coileanadh thar bliadhna no barrachd. Tha sinn air na planaichean againn a ghleusadh gu cunbhalach tron bhliadhna air adhbharan bacaidhean Covid-19.

A-mach às na 43 prìomh thargaisean a bha sinn airson coileanadh tron bhliadhna gu lèir, tha 36 (84%) dhiubh Uaine (A' tighinn a rèir a' chlàir-ama), agus 7 (16%) dhiubh Orains (Dàil ann). Tha geàrr-chunntas gu h-ìosal air an fheadhainn a tha comharraichte orains.

- Bha dàil an 2020/21 air leasachadh roghainnean maoineachaidh a chumas taic ri cruthachadh teachd a-steach is iomadachd. Tha an obair seo riatanach airson freagairt sheasmhach is com-pàirteachadh deimhinneach le nàdar leis gun robhar an dùil an t-àrdachadh mòr ann an àireamh luchd-tadhail an 2020 fhaicinn a-rithist am-bliadhna.
- Thathar a' toirt air adhart Ro-innleachd Sgrùdaidh nan Raointean Dìon Mara ann an 2021/22 anns an tèid dleastanasan nam prìomh làraichean a chur an cèill, a thuilleadh air an obair againn a' làimhseachadh an lìonraidh Raointean Dìon Mara (MPA) is a' gleidheadh Prìomh Fheartan Mara.
- Chan eil na leasachaidhean bathair-bog, am maoineachadh bun-structair is dealbhadh raon nan oifisean againn air a dhol air adhart mar a bha dùil mar thoradh air ath-eagrachadh ar cuid obrach is sinn a' daingneachadh shiostaman coimpiutair is a' freagairt ri Covid-19. Tha sinn air adhartas math fhaicinn air stèidheachadh uidheam co-obrachaidh, a leithid Microsoft Teams, agus tràth sa chiad ràith tha e fa-near dhuinn cuideam a chur air lìbhrigeadh nam puingean seo.

Prìomh Leasachaidhean 2020/21



Dèanadas an coimeas ri ar planaichean corporra is gnìomhachais 2020/21

Losgannan (Rana temporaria) a' co-ghineadh ann an lònan gàrraidh.

Buile 1

Tha barrachd dhaoine air feadh na h-Alba a' faighinn tlachd 's buannachd à nàdar

Comharra Soirbheis a' Phlana Chorporra:

Tha barrachd dhaoine a' dol a-mach sa bhlàr a-muigh, a' faireachdainn nas fhallaine, a' dèanamh obair shaor-thoileach is a' moladh nàdair mar thoradh air a bhith a-muigh

Comharra	Toradh	Dèanadas
Tursan sa bhlàr a-muigh a' lùgh-dachadh cudrom inntinn is a' toirt fois dhaibh	**92%** de luchd-tadhail dhan bhlàr a-muigh ag aontachadh gu làidir	↑ A' dol am feabhas
Tha nàdar cudromach	**54%** de dhaoine ag aontachadh gu bheil nàdar cudromach dhaibh	↔ A' leantainn
Obair saor-thoileach	**9%** de dh'obair saor-thoileach a' cur taic ri nàdar	↑ A' dol am feabhas
A' gabhail turas sa bhlàr a-muigh	**56%** de dh'inbhich a' gabhail turas sa bhlàr a-muigh co-dhiù uair san t-seachdain*	↓ * A' dol am miosad*

* Tha sinn a' taisbeanadh gu h-àrd an fhiosrachaidh fhoillsichte as ùire air tursan air a' bhlàr a-muigh (Giblean 2020), ach tha e cudromach gu bheil sinn a' toirt fa-near nach eil an ùine mhòr fo ghlasadh ri linn riaghailtean Covid na lùib. A rèir aithrisean aig an àm, bha àrdachadh mòr san àireimh de thursan air a' bhlàr a-muigh agus tha sinn an dùil gum faicear sin anns an ath Scottish People and Nature Survey a thèid fhoillseachadh as t-Foghar 2021. Ged a tha sinn ag aithneachadh gu bheil tursan air fàs an da-rìribh, tha sinn cuideachd an dùil ri fàs ann am mothachadh a' mhòr-shluaigh air a' bhuaidh aig nàdar air slàinte is sunnd. Tha sinn an dùil mar sin, bhon fhianais anns na sgrùdaidhean as ùire ann an 2020 gum bi feabhas air an t-suidheachadh nuair a thèid na figearan ùra fhoillseachadh.

Bha barrachd tuigse air cho cudromach is a tha nàdar dha slàinte is sunnd dhaoine tro na glasaidhean Covid-19. Chaidh aire a thoirt air mar nach eil uiread a chothroman aig cuid air sàr àrainnean anns an sgìre aca. Bha grunn dhùbhlanan an lùib làimhseachadh luchd-tadhail an dèidh a' chiad ghlasaidh, nam measg aig na Tèarmainn Nàdair Nàiseanta againn, a chì sinn anns an Sgrùdadh Chùise againn.
Ann an com-pàirteachas leis an t-Suirbhidh Òrdanais, leasaich sinn uidheam mhapaichean do sgoiltean airson raointean uaine ionadail a tha freagarrach airson ionnsachadh sa bhlàr a-muigh a lorg. Bha seo stèidhichte air an obair sa phròiseact *Learning in Local Greenspace*, agus chuidich seo daoine òga is sgoiltean gu barrachd cheanglaichean a dhèanamh le nàdar agus gus am bi sinn nas daingne ro lèir-sgaoilidhean eile san àm ri teachd.

Chaidh an dàrna ìre den phròiseact, *Dynamic Coast*, a tha a' cumail taic ri riaghladh is daingneachd chostaichean, a thoirt gu crìch agus tron bhliadhna chùm e comhairle ri Riaghaltas na h-Alba air comas-lìonaidh thràighean a rèir stiùireadh air astar sòisealta.

Bidh sinn a' cur ris a' chom-pàirteachas slàinte uaine a tha a' co-òrdanachadh obair thar roinnean airson lìbhrigeadh bhuilean slàinte a cheangal nas fheàrr le comasan slàinte na h-àrainneachd nàdarra. An dèidh measadh math, dh'aontaich *Active Scotland Delivery Group*, agus Ministear na Slàinte Poblaich sa chathair, ri £1.6m de mhaoineachadh a bharrachd ann an Com-pàirteachasan Slàinte Uaine agus còmhraidhean a' dol le com-pàirtichean airson com-pàirteachas ùr a stèidheachadh ann an Glaschu.

Leasaich sinn an iomairt air-loidhne Còd Slighean Dùthchail na h-Alba (SOAC) mar fhreagairt air a' mheudachadh san àireimh de dhaoine a bha a' dèanamh air a' bhlàr a-muigh ri linn bacaidhean Covid-19 agus rinneadh 200,000 tadhal air làrach-lìn SOAC agus chaidh 3.58 millean tadhal a chlàradh air Twitter is Facebook eadar an Giblean is an t-Ògmhios a-mhàin.

Lean ar cuid taic ri tursan air a' bhlàr a-muigh tron mhaoineachadh againn air Bun-structar Uaine, Lìonra Coiseachd & Rothaireachd Nàiseanta agus pròiseactan àrainneachd com-pàirteachaidh. A rèir na h-aithisg measaidh as ùire air buaidh is buannachdan airson Lìonra Coiseachd & Rothaireachd Nàiseanta, rinn luchd coiseachd is rothaireachd 145.1 millean turas air an lìonra an 2019, is iad a' cur ri sunnd is slàinte nas fheàrr. Chuireadh £2 bhillean ris an eaconamaidh agus chumadh taic ri 27,500 dreuchd, thugadh 19.5 millean turas càr far an rathaid agus chaidh 7.1 millean kg de CO_2e a shàbhaladh.

Eadar am Faoilleach is am Màrt, thug sinn còrr is £0.387m de mhaoineachadh gu 35 buidhnean coimhearsnachd airson planaichean a dhealbhadh is comas-lìonaidh a leudachadh a thaobh stiùireadh luchd-tadhail tron mhaoin ùr againn, *Better Places Green Recovery Fund*.

Chuir sinn an cèill gu bheil sinn an dùil ri £1.4 millean a bharrachd bhon Mhaoin Leasachaidh Roinneil Eòrpaich a rèir chumhaichean ro-chùmhnaint a bhuileachadh air ceithir pròiseactan a tha a' brosnachadh ulaidhean dualchas nàdarra is cultarail ann an Àird nam Murchan, san Eilean Sgitheanach, air Taobh Spè agus ann an Unst agus a thèid lìbhrigeadh ron Ògmhios 2023.

Buile 1: Sgrùdadh-cùise

Cumamaid Alba sònraichte! – Tèarmainn Nàdair is Riaghladh Luchd-tadhail NàdarAlba

Chaidh tursan a-muigh air an dùthaich am meud gu mòr san Iuchar 2020 an dèidh lasachadh nan riaghailtean teann ri linn Covid-19. A rèir an sgrùdaidh air Covid-19, *Daoine agus Nàdar na h-Alba*, rinn ceathrar às gach còignear inbheach turas air a' bhlàr a-muigh co-dhiù turas san t-seachdain (80%) san Lùnastal is san t-Sultain – fada a bharrachd na an Lùnastal 2019 (64%). Chuir bharrachd dhaoine an cèill gun d' fhuair iad buannachdan sunnd is slàinte bhon ùine a chosg iad a-muigh: thuirt 70% gun robh na tursan a-muigh aca am measg nàdar nan taic gu fois is sìth fhaighinn is uallach a thoirt bhuapa agus dh'aontaich 56% gun robh feabhas air an t-slàinte chorporra aca.

Luchd-coiseachd air Slighe Dualchas Loch Lìobhann aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta Loch Lìobhann

Chaidh àireamhan luchd-tadhail an àird gu mòr eadar 50% is 100% a bharrachd aig an deireadh-sheachdain air a' mhòr-chuid de na 43 tèarmainn nàdair againn agus 29 dhiubh sin nan Tèarmainn Nàdair Nàiseanta. Tha seo co-ionnan ri 300,000 luchd-tadhail agus tha e coltach gun deach na h-àireamhan luchd-tadhail againn thairis air millean ann an 2020.

Tha sinn a' cur fàilte air cleachdadh nan tèarmann againn mar seo air sgàth nam buannachdan na chois do dhaoine is nàdar, ged a chaidh uallach mòr is leantainneach a chur air an luchd-obrach is a' bhun-structar. Dh'èirich seo ann an diofar dhòighean. Ged nach do dh'fhàg a' mhòr-chuid ach glè bheag de dh'fhianais gun robh iad ann, gu mì-fhortanach cha robh an giùlan aig cuid freagarrach airson nan àiteachan nàdarra sònraichte seo.

Teanta is sgudal ga fhàgail aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta Creag a' Chnocain

Dhèilig luchd-obrach nan tèarmann gu fìor mhath ris na dùbhlanan a chuireadh romhpa, agus nam measg: stiùireadh charbadan; àrdachadh an àireamhan de bhanaichean-campaidh a' cur seachad oidhche; gainnead, droch staid is cion cleachdadh ghoireasan toileat a dh'adhbharaich meudachadh de dh'òtrachas air na tèarmainn; caitheamh is sadail sgudail; agus campadh le teintean agus leis a' chron an lùib sin. Anns na 9 Tèarmainn Nàiseanta againn an Ceann a Tuath is Ceann a Deas na Gàidhealtachd, sgioblaich sinn 300 làrach teine; agus bha 32 teine ann an aon raon-chàraichean a-mhàin, 3 teintean monaidh, is b' fheudar dhuinn fios a chur gu Seirbheis Smàlaidh is Sàbhalaidh na h-Alba 5 tursan air aon tèarmann. Bha cùisean eile ris nach gabhar de ghiùlan ana-shòisealta is ionnsaigheach ri luchd-obrach.

Milleadh bho theine campachaidh aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta Beinn Eighe

Tha sinn an dùil gun lean na dùbhlain an cois nan àireamhan àrda ann an 2021 agus tha sinn nas ullaichte agus measgachadh de ghnìomhan sa gheàrr-ùine is san fhad-ùine ann a thaobh sgiobachd, stiùireadh luchd-tadhail agus bun-structar. Tha sinn air luchd-obrach a bharrachd fhastadh airson 2021 agus air barrachd airgid a chosg air taighean-beaga, raon-chàraichean, soidhnichean is ceuman le taic Riaghaltas na h-Alba. Tha stiùireadh ùr an sàs airson sàbhailteachd is soilleireachd dhleastanasan a dhearbhadh agus airson ceanglaichean le com-pàirtichean a thoirt am feabhas, a leithid Poileas Alba. Gu nàiseanta, tha sinn a' com-pàirteachadh le VisitAlba, na Pàircean Nàiseanta, Coilltearachd & Fearann Alba is eile airson dòigh-obrach nas ro-innleachdail a leasachadh a thaobh stiùireadh luchd-tadhail. Tha sinn air iomairt nas fhollaisiche is nas cuimsichte fhoillseachadh, Còd Slighean Dùthchail na h-Alba, airson aire a thogail agus giùlan cùramach a bhrosnachadh airson Alba a chumail sònraichte.

Luchd-tadhail air slighean aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta Fhorbhaidh

Buile 2
Slàinte is seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas

Comharra Soirbheis a' Phlana Chorporra:
Tha nàdar na h-Alba nas fhallaine is nas seasmhaiche

Comharra	Toradh	Dèanadas
Comharra Coir	14% – an t-àrdachadh san àireamh de dh'eòin a' briodadh air talamh o 1994	A' dol am feabhas
Comharra Coir	78.3% – an ceudad de 5,389 feartan air làraichean nàdair glèidhte a tha fàbharach no a' dol am feabhas	A' leantainn
Comharra Foincseanach	10.3% – an raon monaidh gu lèir a tha ri fhaotainn do ghnèithean, a rèir an cuid comasan sgaoilidh Chan eil ùrachadh ann am-bliadhna-sa	A' leantainn
Comharra Freagarrachaidh	183 – an àireamh gu lèir de ghnèithean ionnsaigheach neo-dhùthchasach a tha gan aithneachadh ann an Alba agus aig a bheil droch bhuaidh daonna no eag-eòlasach	A' leantainn

Lean pròiseactan Maoin Dùbhlain Bith-iomadachd luach cha mhòr £3 millean tron bhliadhna is iad a' neartachadh nàdar, a leithid ath-bheòthachadh cuid de bhoglaichean is coilltean nàdarra Abhainn Tuaidh; dìon eòin-ghrunnachaidh an Srath Chluaidh a th' aig ìre cunnairt eadar-nàiseanta agus dèiligeadh ris an lus ionnsaigheach ainmeil - glùineach Sheapanach. A thuilleadh air seo, bidh cuairt eile den Mhaoin a' bhuileachadh mu £2 mhillean air pròiseactan a bhios a' neartachadh àrainnean sna bailtean, mu na h-aibhnichean is cois na mara ann an 2021/22, agus cuideam a bharrachd air obraichean, sgilean is trèanadh.

Chuir NàdarAlba gu mòr ri Pròsas Dhùn Èideann do Riaghaltasan Fo-nàiseanta agus Ionadail air leasachadh frèam bith-iomadachd na cruinne an dèidh 2020 (bha seo an àite coinneamh aghaidh ri aghaidh ris an robhar an dùil air 1-3 Giblean), is sinn a' cur beum air solar ionadail. Ghabh còrr is 400 duine air feadh an t-saoghail pàirt ann agus tha 70 riaghaltas is fo-riaghaltas air an cuid gheallaidhean saor-thoileach a chur an cèill. Bidh còrr is 144 a chuir ainm ri Foirgheall Dhùn Èideann a' toirt buaidh air toradh 15mh Co-labhairt nam Pàrtaidhean (CoP15) agus na targaidean an dèidh 2020 a thèid aontachadh ann an Sìona san Dàmhair 2021 airson Co-chruinneachadh nan Nàiseanan Aonaichte air Bith-iomadachd.

Lean ar cuid obrach an com-pàirteachas dlùth le Riaghaltas na h-Alba air a' phrògram bith-iomadachd, a bh' air a dhealbhadh le Aithris-rùin air bith-iomadachd a chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd. Tha gealladh air foillseachadh Ro-innleachd Bith-iomadachd ùr do dh'Alba taobh a-staigh bliadhna an dèidh CoP15 agus gun tèid an targaid airson 30% de thalamh is muir na h-Alba a dhìon ro 2030 ('30x30') an lùib seo. Rinn sinn aithris air an adhartas air Aichi, Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba (aithisg gu Pàrlamaid 2017 gu 2019), staid eòin na Rìoghachd Aonaichte agus dàta air gluasadan eòin-ghrunnachaidh. Tha sinn a' toirt sùil mhionaideach air Sgrùdadh Muir na h-Alba san sgrùdadh-cùise againn.

'S e buidheann stèidhichte air fianais a th' annainn. 'S ann à iomadh tùs a tha sinn a' cruinneachadh na fianais seo, ann an ceisteachanan do luchd-obrach NàdarAlba, cùmhnantan sònraichte agus le sluagh de luchd-saidheans saor-thoileach air feadh na dùthcha. Cha do thachair mòran den obair rannsachaidh mar a bha dùil ann an 2020, agus gu ìre ann an 2021, air sgàth buaidh lèir-sgaoileadh Covid, agus bha buaidh mhòr aig an t-suidheachadh air a' phrògram sgrùdaidh air staid làraichean agus air a' chomas againn a bhith a' còmhradh le manaidsearan talmhainn air an fhiosrachadh as ùire. 'S iad na sgrùdaidhean earraich a dh'fhulaing a' bhuaidh a bu treasa, mar eisimpleir air eòin a tha a' briodadh air an talamh agus eòin-mhara, ach chaidh grunnan sgrùdaidhean a dhèanamh air seòrsachan, mar eisimpleir air dealanan-dè samhraidh.

Bidh e nas dorra dhuinn gluasadan a chomharrachadh a thaobh ghnèithean is àrainnean air sgàth na beàrna seo, agus bidh seo a' sìor-fhàs nas cudromaiche agus raointean ghnèithean ag atharrachadh fo bhuaidh atharrachadh na gnàth-shìde. Thèid againn air beachd a thoirt seachad is sinn a' cleachdadh dhòighean-obrach stataistigeach ach bidh e nas dorra dealbh soilleir fhaighinn de staid nàdar na h-Alba air sgàth cion dàta. Mar thoradh air luach an dàta bho shaidheans a' mhòr-shluaigh agus air na h-amannan dùbhlanach againn, tha NàdarAlba air taing a thoirt do shaor-thoilich airson an cuid saothrach air film goirid air na meadhanan sòisealta agus ag iarraidh orra tilleadh dhan rannsachadh aca cho luath is a leigeas Riaghaltas na h-Alba leotha a dhèanamh.

Tha sinn air ath-sgrùdadh a dhèanamh air an dòigh-obrach againn ann an àiteachan glèidhte a chionn is gu bheil iad mar phàirt mhòr den obair againn agus gum feum sinn an deisealachadh airson dùbhlanan an 21mh linn. Fhuair co-dhùnaidhean an Ath-sgrùdaidh air Roinnean Dìon aontachadh a' Bhùird anns a' Mhàrt agus tòisichidh sinn air dòighean ùra fheuchainn ann an ceithir roinnean eadar-dhealaichte ann an 2021. Tha 95% de na Pasganan Comhairle Glèidhteachais airson Nàdar coileanta no gu bhith coileanta agus thèid am foillseachadh air làrach-lìn NàdarAlba ron Ògmhios. Anns an Dùbhlachd, chaidh gealladh air ('30x30') fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba an cois Aithris Rùin air Bith-iomadachd. Tha sinn ag obair cuide ri com-pàirtichean is a' cumail taic ri Riaghaltas na h-Alba air an dòigh as fheàrr air sin a choileanadh an cois an fhuasglaidh ro èiginn na gnàth-shìde is nàdair.

Fhuair sinn maoineachadh airson 3 pròiseactan Sgrùdadh Talmhainn airson atharrachadh àrainn a chomharrachadh, siostam sgrùdaidh air falasgairean is teintean-mòintich a leasachadh agus àrainnean loisgte a chomharrachadh. Thug sinn mapa àrainnean na h-Alba gu buil gu meud 20m is sinn a' co-obrachadh tron mhaoin dùbhlain innleachdais *Can Do* is thòisich sinn air cothroman a leasachadh bhon eòlas sin.

Dh'fhoillsich sinn Leabhar-làimh Sgrùdadh Mara do Coimhearsnachdan cuide ri trèanadh air sgrùdaidhean air-loidhne. Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba 12 Roinn Dìon Shònraichte eile airson eòin-mhara agus ceithir Roinnean Dìon Mara do ghnèithean gluasadach (m.e. cearbain), àrainnean is rannsachadh geò-iomadachd, an dèidh a' chom-pàirteachais againn le buidhnean-ùidh agus co-chomhairleachadh poblach. Chùm sinn taic ri buileachadh Roinn Dìon Mara air na Sgeirean Tarsuinn is Longaigh airson an àrainn a dhìon far a bheil an sgait liopach (*dipturus intermedius*) a' cur an cuid uighean.

Buile 2: Sgrùdadh-cùise
Adhartas mu choinneamh lìonra MPA na h-Alba a chrìochnachadh

Buthaid Atlantaigeach (Fratercula arctica) Tèarmann Nàdair Nàiseanta Eilean May.

Bha 2020 na clach-mhìle eile airson prògram Roinnean Dìon Mara ann an Alba. Dh'fhoillsich ministearan na h-Alba 17 Roinnean Dìon Mara eile is 231 dhiubh ann uile gu lèir a-nis is iad a' gleidheadh nàdar agus meud de 225,000 km2 ann. Am measg nan roinnean seo bha 12 Roinn Dìon Shònraichte anns a bheil àrainnean biathaidh airson threudan cudromach de dh'eòin-mhara bhriodaidh agus àrainnean geamhrachaidh do lachan-mara, leargan is lachairean. Chaidh ceithir Roinnean Dìon Mara fhoillseachadh airson cuid de na gnèithean gluasadach as ainmeile againn, 's iad sin cearbain, mucan-mara Mhioncach is leumadairean Risso cho math ri àrainnean air grunnd na mara agus feartan geò-morfeolach.

An dèidh do luchd-saidheans saor-thoileach àrainn àrach uighean na sgait liopaich a lorg (a' ghnè sgait as motha againn), chùm sinn taic ri Ministearan na h-Alba is mar thoradh air sin chaidh Roinn Dìon Mara èiginneach a bhuileachadh aig toiseach 2021 airson an làrach a dhìon fhad is a bhathar a' dèanamh tuilleadh rannsachaidh airson cho-dhùnaidhean air dìon maireannach.

Lach-bhinn © John Dickenson

Uile gu lèir, tha foillseachadh nan roinnean dìon seo stèidhichte air bliadhnaichean de rannsachadh is sgrùdadh is measadh agus cleachdadh na fianais as fheàrr airson argamaid shaidheansail a thogail is comhairle a thoirt seachad air cuid de na roinnean as cudromaiche an Alba airson àrainnean mara, fiadh-bheatha, geòlas is chumaidhean-tìre. Tha mòran den obair bhuileachaidh ga dèanamh an com-pàirteachas is sinn a' co-obrachadh le buidhnean a leithid Marine Scotland, Co-chomataidh Glèidhteachas Nàdair, Natural England, buidhnean neo-riaghaltais, luchd-saidheans agus luchd-saidheans saor-thoileach nam measg agus le coimhearsnachdan ionadail. Bithear a' cur gu mòr ri leasachadh eòlas air a' mhuir an Alba tro iomairtean a leithid Seasearch, Prògram Sgrùdaidh nan Eun-mara agus Suirbhidh Eun Talmhainn Fliche, agus o chionn ghoirid tro iomairtean a leithid Community-led Prògram Sgrùdaidh Bith-iomadachd Mara do Choimhearsnachdan.

Sgrùdadh sgait liopaich

Tha an lìonra de Roinnean Dìon Mara an Alba a' dìon is a' neartachadh còrr is 37% den mhuir againn a-nis. Tha an àireamh seo a' dol thairis air an targaid eadar-nàiseanta a chaidh a mholadh, b' e sin Roinnean Dìon Mara ann an 30% de chuantan na cruinne ro 2030 airson cur gu mòr ri miann mòr glèidhteachais an t-saoghail. Tha am buileachadh seo a' ciallachadh gu bheil an lìonra againn a' riochdachadh bith-iomadachd na mara againn agus a' cur ri slàinte is daingneachd muir na h-Alba fad iomadh ginealach ri tighinn.

Cearban © Oceanographic Systems Lab, WHOI

Buile 3

Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba is a liubhairt airson soirbheachas is slàinte a thoirt am feabhas

Comharra Soirbheis a' Phlana Chorporra:

Tha slatan-tomhais a thaobh barrachd soirbheachais is slàinte co-cheangailte ri barrachd maoineachaidh ann an calpa nàdarra

Clàr So-mhaoin Calpa Nàdarra (2000 gu 2019)



Clàr So-mhaoin Calpa Nàdarra a rèir àrainn (2000 gu 2019)



Tha **Clàr So-Mhaoin Calpa Nàdarra** na chlàr co-dhèanta a leanas atharrachaidhean ann an comas-làimhseachaidh eag-shiostaman talmhaidh na h-Alba.

Dh'fhoillsich sinn Dòigh-obrach Co-roinnte air Riaghladh Fiadh-bheatha san Lùnastal, a chuir an cèill co-aonta air mar a bhios buidhnean air feadh na h-Alba a' co-obrachadh airson fiadh-bheatha fallainn air a bheil spèis a stèidheachadh. Thug sinn taic mhòr do Riaghaltas na h-Alba is sinn a' leasachadh an cuid fhreagairtean do na h-aithisgean le Werritty Grouse Moor Management agus Buidheann-obrach nam Fiadh. Tha sinn air stèidh a sholarachadh airson fhuasglaidhean nàdarra airson bith-iomadachd, cothromachadh carboin is daingneachd ron ghnàth-shìde. Bha sinn a' co-obrachadh gu dlùth le Poileas Alba, Ionad Eucoir Nàiseanta Fiadh-bheatha is prìomh bhuidhnean-ùidh is sinn a' cumail taic ri cùisean a thaobh eucoir fiadh-bheatha gu h-àraid tron ghlasadh-sluaigh nuair a chaidh an àireamh chùisean am meud.

Tha sinn air aonta ro-choimeirsealta fhaighinn tro bhith ag obair tro CivTech le dà chompanaidh air dòighean-obrach innleachdach air cunntas threudan fhiadh is buaidh fhiadh air àrainnean airson sgaoilidhean carboin a lùghdachadh is sinn fhathast a' toirt dàta seasmhach gu buil. Dh'aithris sinn air a' chiad bhliadhna de Sgeama Maothaidh nam Bìobairean agus dh'obraich sinn gu dlùth le Fòram Bhìobairean na h-Alba airson glacadh beò a thoirt am meud an coimeas ri spadadh. Rinn Buidheann Luchd-ùidh Nàiseanta ath-sgrùdadh air Plana-gnìomh nan Iolairean-mara air a bheil sìneadh-ùine agus roghainnean ùra ann an lùib Sgeama Riaghlaidh Iolairean-mara a tha ag amas air barrachd sùbailteachd is cumail taic ri tuathanaich is croitearan leis na cùisean as duilghe. Rinn sinn adhartas air an dreach phlana is modal treud do chathain mar eileamaidean de phlanaichean riaghlaidh slighean sgèith sùbailte tron aonta African-Eurasian Migratory Waterbird Agreement (AEWA). Chaidh an gèadh glas a chur ris a' chead choitcheann an 2020 is iad ann fhathast an 2021, ged a dh'fhaodadh atharrachadh a thighinn air liosta AEWA a rèir ath-sgrùdadh an 2022. Chuir an lèir-sgaoileadh maill air na pròiseactan smachdachaidh air gnèithean ionnsaigheach aig àm èiginneach den bhliadhna as t-earrach 2020.

Lean an t-seirbheis cead againn tron ghlasadh-shluaigh a dh'aindeoin iarrtasan a bharrachd a chionn is gun deach faoileannan a thoirt far a' Chead Choitchinn bho 1 Giblean 2020 is sinn a' cur cheuman an sàs airson beum a chur air iarrtasan a thaobh slàinte is sàbhailteachd an t-sluaigh is cron. An dèidh do gheàrr a' mhonaidh a bhith air a chur ri Clàr 5 de dh'Achd Fiadh-bheatha is na Tuatha, leasaich sinn stiùireadh air cead an com-pàirteachas le buidhnean-ùidh a thèid fhoillseachadh ro 1 Iuchar 2021.

Rinn sinn adhartas mòr is sinn a' cur nàdar aig teis-meadhan *4mh Frèam Dealbhaidh Nàiseanta*, agus a' toirt seachad ceannardas is taic do Riaghaltas na h-Alba sa bhuidhinn-obrach Builean Matha do Bhith-iomadachd. Rinn sinn oidhirp mhòr an lùib com-pàirteachadh san t-siostam dealbhaidh is sinn a' com-pàirteachadh a rèir Place Principle agus a' freagairt ri 17 co-chomhairleachadh ùghdarras ionadail air dealbhadh is leasachadh. Dh'fhàs obair air-loidhne tro phrògram de thaisbeanaidhean lìn agus co-obrachadh le buidhnean gnìomhachais airson fuasglaidhean nàdarra a bhrosnachadh. Ged a chuir an lèir-sgaoileadh maill air tursan làraich, lean ar cuid comhairleachadh le luchd dealbhaidh is leasachaidh air adhbharachadh sàr leasachadh is lìbhrigeadh targaid cumhachd ath-nuadhachail na h-Alba. Chuir sinn, airson a' chiad uair a-riamh, bun-structar nàdarra an lùib *a' Phlana Maoineachaidh Bun-structair* ùir, an com-pàirteachas dlùth le Riaghaltas na h-Alba.

Leasaich sinn dòigh-obrach ath-thòiseachaidh agus ath-bheothachaidh an 3,6000 ha de thalamh-mòine tro Peatland ACTION an dèidh do na bacaidhean Covid maill a chur air an obair aig toiseach na bliadhna. Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba a' chiad phrògram maoineachaidh ioma-bliadhna airson talamh-mòine ath-bheothachadh agus bu chòir gum brosnaich seo ùidh mhòr a leigeas le luchd-seilbh fearainn is luchd-cùmhnaint planaichean eagrachadh le misneachd.

Dh'fhoillsich sinn cuairt eile de Sgeama Gnàth-shìde Àiteachas-Àrainneachd an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba airson 2021 agus dh'fhàs ar cuid dhleastanasan is sinn a' dealbhadh taic don tuath airson an ama ri teachd. Bidh sinn a' cur ris na Buidhnean Thuathanach ag ullachadh mholaidhean airson na sgeamaichean taic àiteachais ri teachd, mar eisimpleir leasachadh teamplaid Ion-sgrùdadh Bith-iomadachd airson nam molaidhean air sgeama ùr aig a' bhuidhinn Suckler Beef Group. Lean sinn oirnn a' leasachadh a' phrògraim Natural Capital Pilot Programme (NCAPP) agus tha sinn air

£1.5m a dhearbhadh le Riaghaltas na h-Alba airson am prògram gu lèir a mhaoineachadh ann am 2021/22. Tha seo a' toirt a-steach 'Piloting an Outcome Based Approach in Scotland' (POBAS) agus aig Ìre 2 dhealbhaich sinn cairtean airson builean a chomharrachadh airson prìomh àrainnean tuathanais is chuir sinn iad gu deuchainn air mu thimcheall air 70 tuathanas is croit. Dhearbhaich sinn maoineachadh bhon phrògram CivTech airson leasachadh aplacaid fòn a chur air chois a leigeas le tuathanaich an cuid adhartais air builean bith-iomadachd a sgrùdadh. Leasaich sinn an raon obrach againn tro *Space Intelligence* agus a' mhaoin CAN DO Innovation Challenge Fund "AI for good" airson mapaichean àrainnean a chruthachadh aig sàr ìre a chumas taic ri sgrùdaidhean a ghabhas cleachdadh a-rithist dha Clàr So-mhaoin Calpa Nàdarra. Gabhaidh na mapaichean seo cleachdadh airson co-dhùnaidhean air cleachdadh talmhainn a thoirt am feabhas agus is dòcha gum bi iad cudromach san àm ri teachd an cois chunntasan calpa nàdarra.

Bha sinn ag obair an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba is com-pàirtichean eile a leithid Institiud an Ionmhais Uaine, luchd-seilbheachd buaidhe agus SRUC is sinn a' neartachadh ionmhas uaine innleachdach ùr airson fuasglaidhean nàdarra a thoirt gu buil is sinn a' cur beum air: a' mìneachadh poileasaidh is riaghladh a leigeas leinn margaidean calpa nàdarra is seirbheisean eag-shiostaim a leasachadh; a' meudachadh mhargaidean carbon saor-thoileach an lùib cruthachadh choilltean is ath-bheothachadh talamh-mòine; a' neartachadh comas airson pròiseactan is iomairtean ùra a leasachadh; agus a' neartachadh rannsachadh is thaisbeanaidhean a tha a' stèidheachadh mhargaidean ùra le fianais. Chuir sinn pròiseact Fòram Thuaidh gu deuchainn airson dòighean sgìreil ùra air maoineachadh calpa nàdarra a rannsachadh. Leasaich sinn UK Land Carbon Registry an com-pàirteachas le Coilltearachd na h-Alba agus Coilltearachd & Fearainn Alba is sinn a' toirt phròiseactan fo Woodland Carbon is Peatland Codes còmhla. Thòisich sinn obair air stèidheachadh *Scottish Marine Environmental Enhancement Fund* (SMEEF) le taic maoineachaidh bho Marine Scotland, Oighreachd a' Chrùin an Alba agus an roinn gaoithe mara. Cuide ri seo, chuir sinn obair rannsachaidh an sàs air sàr eisimpleirean de dh'ath-bheothachadh is ath-stèidheachadh thar 4 prìomh àrainnean is seòrsachan mara.

Chùm sinn taic chudromach ri Marine Scotland air *Plana Roinneil do Ghaoth Far-chladach ann an Alba*, is sinn a' toirt seachad stiùireadh air sònrachadh is fuasglaidhean air draghan àrainneachail a dh'èirich às. Chùm sinn taic ri buidhnean ùidh is sinn a' sònrachadh cheistean àrainneachail a dh'fhaodadh èirigh agus thug sinn comhairle seachad air na dòighean-obrach as fheàrr a thaobh sgrùdaidhean làraich mar phàirt de chuairt cheadan ScotWind. Chùm sinn taic dhlùth ri Marine Scotland a thaobh stèidheachadh pròiseas cead air Seòrsachan Glèidhte Eòrpach airson Acoustic Deterrent Device (ADD) a chleachdadh air tuathanasan èisg agus chuidich sinn a' sgrìobhadh stiùireadh gnìomhachais air sgrùdadh buaidh leantainneach air cleachdadh ADD. Fhreagair sinn gu sgiobalta ris an fheum aig Buidheann Dìon Àrainneachd na h-Alba (SEPA) agus Marine Scotland air dòighean eadar-obrachail a chuidicheadh an roinn cultar-uisge le an cuid obrach air an tug bacaidhean Covid buaidh. Ann an cùis air leth, thug sinn seachad fianais theicnigeach mhionaideach air a' bhuaidh nàiseanta a dh'fhaodadh a bhith air leapannan maerl aig coinneamh a chùm taic ris mar a dhiùlt SEPA ceadan Controlled Activities Regulation (CAR) a bhuileachadh air dà thuathanas èisg ann an Arcaibh. Chaidh an co-dhùnadh le SEPA a dhearbhadh. Chùm sinn taic ri *Ro-innleachd Iasgaich ri Cladach* aig SEPA agus Buidhnean Sgìreil Iasgaich ri Cladach air iasgach shrùban, deuchainn mhuirsgean, raon iasgaich nas glaine agus air moladh airson dreidseadh chreachann ann an Loch Sunart is Caolas Dhiùra MPA.

Leasaich sinn an obair innleachdach againn air Carbon Gorm is sinn a' fastadh ceumnaiche is ag obair air mapa fianais a thèid lìonadh ann an 2021/2022. B' i 2020/2021 Bliadhna nan Costaichean is nan Uisgeachan. Chùm a' mhaoin againn 'Plunge In!' taic ri 25 pròiseactan coimhearsnachd air feadh na h-Alba agus bha obair chruthachail is soirbheachail gu leòr a' dol gus an rachadh daoine an sàs anns na cladaichean is uisgeachan faisg orra[1].

1 **www.nature.scot/plungeinfund**

Buile 3: Sgrùdadh-cùise
Dòigh-obrach Chom-pàirteach an lùib Riaghladh Fiadh-bheatha

Chaidh an Dòigh-obrach Co-roinnte air Riaghladh Fiadh-bheatha fhoillseachadh aig deireadh an Lùnastail 2020. Bha an iomairt chom-pàirteach seo stèidhichte air còmhraidhean le caochladh buidhnean-ùidh an sàs ann an nàdar, a leithid NàdarAlba. Bha e mar amas gun rachadh dòighean cumanta a thaobh stiùireadh nàdair a lorg cho math ri dòighean co-obrachaidh. Tha e mar dhleastanas air a h-uile buidheann-ùidh gun tèid an dòigh-obrach a stèidheachadh is gun cùm sinn ris an dùbhlan cho-obrachaidh is sinn a' riaghladh fiadh-bheatha na h-Alba airson math a h-uile duine.

Damh ann an Gleann Èite

Tha an dòigh a bhios sinn a' riaghladh fhiadh riatanach airson na dùbhlanan an cois cothromachadh carboin a thoirt gu buil agus bidh i cudromach anns an t-Slànachadh Uaine. Air an talamh àrd, tha Buidhnean Riaghladh Fhiadh a' co-òrdanachadh amasan co-fharpaiseach is a' stèidheachadh thargaidean spadaidh aig ìre àrainneachd. Tha na còmhraidhean seo a' leigeil le riaghladh threudan fhiadh talamh àrd na h-Alba cur ri amasan a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde is cumail taic ri dreuchdan dùthchail is solar bidhe bhon sgìre.

Iolair-bhàn air geug ann an Earra-Ghàidheal

Tha Sgeama Riaghlaidh nan Iolairean-Mara (SEMS) a’ cumail taic ri tuathanaich is croitearan ann an sgìrean air an taobh an iar far a bheil iolairean-mara a’ toirt droch bhuaidh air treudan bheathaichean. Tha pannal SEMS a’ tarraing measgachadh de bheachdan còmhla airson dèanamh cinnteach gu bheil na gnìomhan airson buaidh nan iolairean-mara a lùghdachadh a’ tighinn a rèir amasan glèidhidh nan iolairean-mara is a’ freagairt ris a’ chron a nithear air na treudan. Tha SEMS a’ brosnachadh is a’ cumail taic ri cruinneachadh fiosrachaidh air buaidh nan iolairean-mara agus a’ toirt taic seachad airson cìobaireachd a neartachadh agus gnìomhan eile a lùghdaicheadh an àireamh de dh’uain a thathar a’ call.

Chaidh Working for Waders a stèidheachadh ann an 2017 anns a bheil buidhnean is daoine a tha air cur romhpa stad a chur air a’ chrìonadh mhòr de dh’eòin-ghrunnachaidh. Tha diofar bheachdan air na gnìomhan a tha a dhìth airson stad a chur air a’ chrìonadh seo; tha cuid a’ moladh spadadh chreachadairean mar an dòigh as fheàrr ach cuid eile den bheachd gur e riaghladh àrainnean a b’ fheàrr. ’S e dleastanas Working for Waders gun toir iad cothrom, brosnachadh is taic dhan a h-uile duine airson gnìomh a thoirt gu buil. Tha e mothachail gum feum co-dhùnaidhean air gnìomhan a bhith stèidhichte air fiosrachadh earbsach agus tha seo aig teis-meadhan na Dòigh-obrach Co-roinnte. Ach tha an t-seann dòigh-smaoineachaidh gur ann leis an eòlaiche a tha a’ chumhachd cumanta am measg cuid fhathast agus tha seo na chnap-starra a bu mhiann leis an Dòigh-obrach Cho-roinnte a bhriseadh. Tha Working for Waders a’ feuchainn air seo a dhèanamh is iad a’ cur pròiseact camara neadachaidh gu deuchainn. Thathar a’ toirt seachad chamarathan do thuathanaich is croitearan air feadh na h-Alba is sinn airson barrachd eòlais a chur air soirbheas neadachaidh agus air na h-adhbharan nuair a thathar a’ fàilligeadh. Nì am pròiseact tuilleadh cheanglaichean eadar daoine is nàdar agus le chèile airson leigeil leinn ar cuid eòlais air na tha dhìth airson stad a chur air crìonadh nan eun-grunnachaidh a thoirt am feabhas.

Geàrr a’ tadhal air trìlleachan a tha na suidhe air nead is camara a’ cumail sùil

Buile 4
Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur

Comharra Soirbheis a' Phlana Chorporra:
Tha sinn a' toirt comas, faicsinneachd is buaidh ar cuid conaltraidh am meud

Comharra	Toradh	Dèanadas
Facebook	**27,380** neach-leantainn **6.1m** comas	↑ A' dol am feabhas
Twitter	**32,959** neach-leantainn **1.3m** seallaidhean mìosail	↑ A' dol am feabhas
Instagram	**19,940** neach-leantainn **2.54%** ceanglaichean gach puist **1.73m** comas	↑ A' dol am feabhas
Làrach-lìn	**1,906,801** seallaidhean duilleige	↑ A' dol am feabhas

Tha cuid mhòr de na prìomh sheirbheisean gnìomhachais air a bhith stèidhichte air leantainneachd is seasmhachd gnìomhachaidh tro bhliadhna air leth dùbhlanach mar thoradh air lèir-sgaoileadh Covid-19. Dh'atharraich sinn gu sgiobalta is gu soirbheachail gu dòigh-obrach nas sùbailte airson goireasan a dhealbhadh is a shònrachadh is sinn a' toirt sùbailteachd is deisealachd am feabhas ri linn saoghal obrach a tha a' sìor-atharrachadh.

Bha gleidheadh a' bhun-structar coimpiutaireachd againn na phrìomhachas tràth dhuinn. Chuir sinn deifir air atharrachaidhean gnìomhachais a thaobh teicneòlas com-pàirteachaidh tro mhaoineachadh ann am M365/MS Teams agus chuir sinn an sàs an ìre dheireannach de Fusion, a tha a' gleidheadh a' phrìomh fhiosrachadh ionmhais is sgiobachd againn. Bha seo a' cumail ris an ìmpidh a tha sinn air cur air gnothaichean a dhèanamh sìmplidh, dòighean cleachdaidh nas fheàrr don luchd-cleachdaidh agus ris an t-slighe againn dhan Sgòth. Chuir sinn an sàs pasgan iomlan de thrèanadh air tèarainteachd lìn don a h-uile neach-obrach airson an cunnart ri linn eucoirich lìn a lùghdachadh a dh'fhaodadh brath a ghabhail air an fheum againn air lìonraidhean didseatach.

Rinn sinn gluasad soirbheachail a dh'ionnsaigh obair bhon dachaigh air feadh na buidhne, gun mòran buaidh air na chaidh a liubhairt air sgàth obair ro-innleachdail a rinn sinn mar-thà. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh gus an cumadh a h-uile neach-obrach taic ri sunnd is slàinte chàich nan cuid àiteachan-obrach aig an taigh. Rinn sinn ar dìcheall an sin gun d' fhuair co-obraichean an t-uidheam a bha a dhìth airson an cuid obrach a dhèanamh gu sàbhailte is gu h-èifeachdach aig an taigh. Tha sinn air modhan-obrach ath-thòiseachaidh a leasachadh stèidhichte air inntrigeadh sàbhailte do làraichean is togalaichean don luchd-obrach is luchd-tadhail nuair a thèid bacaidhean a lasachadh. Tha a h-uile togalach againn deiseil airson cleachdadh sàbhailte ri linn Covid-19 nuair a bhios seo ceadaichte a-rithist.

Tha sinn air slàinte is sunnd an luchd-obrach againn a chur aig teis-meadhan ar cuid smaoineachaidh is fhreagairtean anns an linn air leth àraid seo. Chruinnich sinn beachdan tro na ceisteachanan cunbhalach againn tron bhliadhna gus an rachadh againn air a' bhuidheann atharrachadh a rèir suidheachadh a bha a' sìor-atharrachadh. Tha sinn air leantainn oirnn tron chùis a' toirt seachad taic do luchd-obrach is sinn ag atharrachadh riaghailtean a rèir nan dòighean-obrach againn. Bha seo na thaic ri linn oideachadh bhon dachaigh is dhleastanasan cùraim eile gus am biodh cothromachd ann le dleastanasan obrach. Chuir sinn ri seo tro Fhèis Geamhraidh làn thachartasan com-pàirteachaidh agus co-labhairt air-loidhne aig an deireadh airson dearbhadh gun robh ceangal aig an luchd-obrach leis a' bhuidhinn is iad soilleir mun t-slighe air adhart a tha romhainn.

Am measg a h-uile rud sin, tha sinn air a' bhuidheann ainmeachadh gu soirbheachail às ùr mar NàdarAlba air 24 An Lùnastal; is an t-ainm ùr na thaic is sinn a' neartachadh na h-àrainneachd nàdarra againn is a' brosnachadh muinntir na h-Alba gu barrachd suim a chur ann. Chaidh nàdar is cho cudromach is a bha e nar cuid slàinte chorporra is inntinn tron ghlasadh aithneachadh cuideachd anns an iomairt shoirbheachail againn Dèan Àite Dha Nàdar.

Tha obair a dh'ionnsaigh slànachadh air tòiseachadh tro leasachadh a' Phlana-ghnìomh Slànachadh Uaine; tha e na phàirt riatanach gu bheil sinn ag atharrachadh meud a' mhaoineachaidh againn ann am Fastadh Òigridh. Dhùblaich sinn na chaidh gealltainn de mhaoineachadh ann an 2020/21 airson cothroman a thoirt do dhaoine òga. Tha am Prògram Fastadh Òigridh ùr is inntinneach againn fo sheòl airson 2021/22.

Tha am beum againn air an àm ri teachd is air Slànachadh Uaine ri fhaicinn ann an aonta a' Bhùird air a' chiad Phlana Cothromachadh Carboin againn. Tha seo a' cur an cèill ciamar a bheir sinn an targaid dhùbhlanach airson sgaoilidhean cothromachadh carboin ro 2035 gu buil is sinn a' lùghdachadh nan sgaoilidhean obrach againn agus a' sìor-lùghdachadh carbon air an oighreachd againn tro leasachadh is maoineachadh ann an siostaman cumhachd ath-nuadhachail a bharrachd sna h-oifisean againn is air an fhearainn againn agus ag ùrachadh nan carbadan againn le carbadan dealanach, air an robh sinn ag obair fad na bliadhna. Tha sinn air buannachdan fhaicinn mar-thà ann an dòighean-obrach eadar-dhealaichte agus tha sinn a' cur romhainn gun tog sinn air seo feuch dè cho fada is as urrainn dhuinn a dhol is sinn a' stèidheachadh nan atharrachaidhean buannachdail seo anns na dòighean-obrach againn.

Tha am prògram obrach againn air teicneòlasan ùra a' sìor-leantainn is sinn ag obair air mapadh àrainnean le dàta saideil; a' co-obrachadh le CivTech air prògraman measgaichte a leithid cunntasachd calpa nàdarra is eucoir fiadh-bheatha; agus a' com-pàirteachadh le Data Lab air tuigse innealta (A.I.) airson ìomhaighean aithneachadh is a chlàradh, a chithear anns an sgrùdadh-cùise.

Buile 4: Sgrùdadh-cùise Ùr-ghnàthachas Tro Chom-pàirteachas – Data Lab

Ioannis Katsadas, NàdarAlba agus Greis-obrach MSc Data Lab

Tha NàdarAlba aithnichte airson a chuid obrach le ceumnaichean is a' tabhann ghreisean-obrach pàighte dhaibh anns a bheil cothroman airson sgilean a leasachadh san àite-obrach. Bha sinn moiteil am-bliadhna a bhith an sàs ann an leithid a phrògram, Data Lab.

Tha Data Lab mar aon de na h-ochd Ionadan Ùr-ghnàthachais an Alba a tha a' faighinn taic Riaghaltas na h-Alba. Bidh Data Lab agus a chom-pàirtiche MBN Academy a' solar ghreisean-obrach 8-12 seachdain dha mu 130 oileanach MSc Saidheans Dàta is Innleadaireachd. Tha cothroman air leth ann do na h-oileanaich eòlas-obrach fhaighinn agus an cuid sgilean a chur gu feum ann an suidheachadh obrach da-rìribh.

Bha dà dhùbhlain air an cur romhainn. An toiseach, bha na mìltean a dh'uairean de dh'fhilm bho chamarathan-glacaidh ann. A chionn is gur e gluasad a chuireas iad a' dol, chan eil ach glè bheag de na h-ìomhaighean freagarrach airson na h-obrach againn agus feumaidh sinn rùrachd tromhpa airson an fheadhainn a shònrachadh a b' fhiach cumail air an t-siostam Digital Asset Management (DAM) againn. A thuilleadh air seo, bha stòras mòr de dh'ìomhaighean eachdraidheil anns a bheil daoine agus sinne draghail gum biodh sin an aghaidh riaghailtean dìon dàta GDPR.

Airson am pròiseas a dhèanamh nas èifeachdaiche is sinn a' sgrùdadh na tasglainn is ìomhaighean nan camarathan-glacaidh, chaidh fuasgladh tuigse innealta (AI) a mholadh. Chaidh NàdarAlba an sàs ann am Prògram Greis-obrach MSc Data Lab. Rinn an ceumnaiche againn, Ioannis Katsadas, rannsachadh is measadh air diofar roghainnean is shònraich e am fuasgladh AI as fheàrr airson an ùine a lùghdachadh a chosgadh luchd-obrach a' coimhead air is a' sònrachadh ìomhaighean mus cuireadh iad suas iad dhan t-siostam DAM.

Bha na comasan aithneachaidh an lùib a' phròiseict AI for Earth le Microsoft – feumar làthaireachd ìomhaighean 2D nan camarathan-glacaidh a theagasg - air leth freagarrach airson adhbharan NàdarAlba. Ach b' fheudar dhuinn uidheam obair shònrachaidh a thogail bho thùs a chionn is gun robh fuasgladh Microsoft stèidhichte air seòrsachan tropaigeach, nach robh iomchaidh airson àrainnean na h-Alba! Ged a ghluais a h-uile duine gu obair bhon dachaigh, cha deach stad a chur air lìbhrigeadh a' phròiseict is chùm sinn taic ri Ioannis a bha ag obair sa Ghrèig, is bha seo na shamhla air a' chomas againn airson atharrachadh ri linn na h-èiginn.

Ann am beagan mhìosan, bha NàdarAlba air 120,000 dealbh a chur tro mhodail Ioannis, a' saoradh ùine luchd-obrach air luach còrr is £20,000 airson a dhol an sàs ann am pròiseactan eile is ìre seata dàta ar dealbhan a thoirt am feabhas. Cha robh againn ri suim nas àirde a chosg le solaraiche AI sònraichte agus fhuair sinn buannachd às an t-sàr eòlas aig Ioannis air na leasachaidhean as ùire sa chuspair air sgàth a chuid obair rannsachaidh.

Modh-obrachaidh Airson Ionnsachadh Le Inneal



Tha Ioannis air fhèin a dhèanamh follaiseach is sònraichte ann an saoghal na h-obrach mar-thà is e a' cur a chuid fhuasglaidhean gu feum cho math ris na sgilean a thog e is e a' co-obrachadh le buill an sgioba agus a' taisbeanadh a chuid obrach don bhuidhinn gu lèir. Tha e a' creidsinn gun robh an tràchdas a rinn e, stèidhichte air an obair aige cuide ri NàdarAlba, na bu choileanta na pìos obrach teòirigeach agus tha e a-nis air ceumnachadh le àrd-urram bhon chùrsa MSc aige ann an Saidheans Dàta.

Tha am Prògram Greis-obrach do Cheumnaichean againn agus co-obrachadh le buidhnean a leithid Data Lab mar phàirt de thaic nas fharsainge airson fastadh is leasachadh sgilean òigridh. Tha seo mar bhun-stèidh den obair againn airson slànachadh uaine a bhrosnachadh ri linn Covid-19. Anns a' bhliadhna a tha romhainn, tha sinn a' leudachadh na tairgse againn agus thèid gu ruige 37 daoine òga fhastadh ann an caochladh phreantasachdan, ghreisean trèanaidh is greisean-obrach.

Dèanadas an coimeas ri Comharran Frèam Dèanadais Nàiseanta

Ann an 2018, shònraich Riaghaltas na h-Alba 81 Comharran Nàiseanta airson adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh nan 11 Builean Nàiseanta a leantainn. Tha sinn an urra ri stiùireadh aithrisean air trì de na comharran seo agus tha sinn a' cur ri trì a bharrachd.

Stiùireadh Comharran Nàiseanta air:

Coir làraichean nàdair glèidhte
Tha an comharra seo ag aithris air a' cheudad de dh'fheartan nàdarra air làraichean nàdair glèidhte a tha ann an stait fhàbharach

A' leantainn



Bith-iomadachd
Tha an comharra seo na mheasgachadh threandaichean air trì tomhasan de ghnèithean Albannach, clàr-pailteis de ghnèithean mara (stèidhichte air eòin-mhara), clàr-pailteis de ghnèithean talmhaidh agus clàr-còmhnaidheach de ghnèithean talmhaidh

Pailteas mara

A' leantainn



Pailteas talmhaidh

A' leantainn



Còmhnaidh talmhaidh

A' leantainn



Calpa Nàdarra
Tha Clar So-Mhaoin Calpa Nàdarra (NCAI) a' cumail sùil air càileachd àrainnean talmhaidh ann an Alba is an uimhir dhiubh, a rèir an cuid comais seirbheisean eag-shiostaim a liubhairt an-dràsta agus san àm ri teachd. 'S e clàr co-dhèanta a th' ann, bonntaichte (co-ionnan ri 100) sa bhliadhna 2000

A' leantainn



A’ cur ri Comharran Nàiseanta air:

A’ gabhail turas sa bhlàr a-muigh
Ceudad de dh’inbhich a bhios a’ gabhail turas sa bhlàr a-muigh co-dhiù uair san t-seachdain[2]

A’ dol am miosad



Cead-cleachdaidh àiteachan uaine is gorm
Ceudad de dh’inbhich a’ fuireach nas lugha na còig mionaidean coiseachd air falbh on àite uaine no gorm ionadail aca

A’ leantainn



Làrach carboin
Làrach carboin na h-Alba ann am milleanan de thunnaichean de charbon dioxide

A’ dol am feabhas



Tùs an dàta **Dèanadas Chomharran Nàiseanta**

2 Tha sinn a’ taisbeanadh gu h-àrd an fhiosrachaidh fhoillsichte as ùire air tursan air a’ bhlàr a-muigh (Giblean 2020), ach tha e cudromach gu bheil sinn a’ toirt fa-near nach eil an ùine mhòr fo ghlasadh ri linn riaghailtean Covid na lùib. A-rèir aithrisean aig an àm, bha àrdachadh mòr san àireimh de thursan air a’ bhlàr a-muigh agus tha sinn an dùil gum faicear sin anns an ath sgrùdadh Scottish People and Nature Survey a thèid fhoillseachadh as t-Foghar 2021. Ged a tha sinn ag aithneachadh gu bheil tursan air fàs an da-rìribh, tha sinn cuideachd an dùil ri fàs ann am mothachadh a’ mhòr-shluaigh air a’ bhuaidh aig nàdar air slàinte is sunnd. Tha sinn an dùil mar sin, bhon fhianais anns na sgrùdaidhean as ùire ann an 2020 gum bi feabhas air an t-suidheachadh nuair a thèid na figearan ùra fhoillseachadh.

Cunnartan agus Teagamhan

Is tric nach bi smachd againn air na prìomh chunnartan agus theagamhan a tha ro bheairteas-nàdair do dh'Alba san àm ri teachd. Tha an fheadhainn as cudromaiche dhiubh seo fhathast an lùib atharrachadh na gnàth-shìde agus a bhuaidh air àrainnean agus gnèithean. Tha fuasglaidhean nàdarra riatanach airson freagairt ri atharrachadh na gnàth-shìde tro ìsleachadh sgaoilidhean is atharrachadh. Tha barrachd aire eadar-nàiseanta air Èiginn na Gnàth-shìde is tha cothrom againn nàdar a chur an teis-meadhan nam freagairtean ri atharrachadh na gnàth-shìde is freagairt ri prìomh adhbhar air cùl call bith-iomadachd.

Tha ar cuid ghnìomhan gan co-òrdanachadh tron Bhòrd Prògraim Atharrachadh na Gnàth-shìde againn. Am measg nan gnìomhan seo, tha dleastanas againn airson buaidh a thoirt air poileasaidhean nàiseanta a leithid Plana Atharrachadh na Gnàth-shìde aig Riaghaltas na h-Alba agus a' Phrògraim Atharrachaidh; ar cuid obrach air glacadh carboin air talamh-mòine a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta; agus ann an 2021, grunn ghnìomhan co-cheangailte ri Co-labhairt nam Pàrtaidhean (CoP) 26 a bhathar a' cumail ann an Glaschu. Bidh sinn a' moladh nam buannachdan an cois fhuasglaidhean nàdarra airson freagairt ri atharrachadh na gnàth-shìde agus a' cur grunn ghnìomhan an sàs airson an t-amas againn air sgaoilidhean co-ionnan ri neoni a choileanadh bho ar cuid obrach agus tha tuilleadh fiosrachaidh air seo ri fhaicinn nas fhaide den Aithisg seo.

B' e lèir-sgaoileadh Covid-19 an cunnart ùr a bu mhotha a thog ceann aig toiseach 2020. An dèidh comhairle riaghaltais, dhùin sinn na h-oifisean againn agus chuir sinn am Plana Leantainneachd Gnìomhachais an sàs. Chuir sinn stad air cuid den obair làraich againn ach lìbhrig sinn ar cuid sheirbheisean gu soirbheachail is sinn air atharrachadh gu sgiobalta na dòighean-obrach againn. A chionn is gu bheilear an dùil gun lean an lèir-sgaoileadh san ùine a tha romhainn, tha sinn an dùil gur e cleachdadh àbhaisteach a bhios anns na dòighean-obrach ùra seo is sinn a' leantainn oirnn mar bhuidheann shùbailte is èasgaidh a fhreagras ri suidheachaidhean a bhios a' sìor-atharrachadh.

Ged a lean a' mhòr-chuid de na seirbheisean againn tron lèir-sgaoileadh, dh'atharraich sinn an dòigh-obrach againn a thaobh planadh gnìomhachais is chuir sinn planaichean le ùine nas giorra an sàs a bhios nan taic is sinn a' cur phrìomhachasan na h-obrach air dòigh. Choimhead sinn le sealladh fad-ùine air saoghal na h-obrach san am ri teachd agus air buaidh Covid-19 is stèidhich sinn buidheann slànachaidh gnìomhachais ro-innleachdach a cho-òrdanaich grunn ghnìomhan a dh'ionnsaigh 'Slànachadh Uaine'. A thuilleadh air seo, tha a' bhuidheann air beachdachadh air cunnartan ionmhasail an lèir-sgaoilidh air na com-pàirtichean againn tro stèidheachadh de bhuidheann com-pàirteachaidh air pròiseactan ro-innleachdach. Tha sinn a' co-obrachadh le Scottish Biodiversity Programme Delivery Group airson cothroman maoineachaidh a shireadh do phròiseactan bith-iomadachd le prìomhachas a bhios na com-pàirtichean againn a' lìbhrigeadh.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' stiùireadh chunnartan ro-innleachdail, àrainneachail, ionmhasail is a thaobh cliù na buidhne. Tha na cunnartan seo air an riaghladh mar phàirt den chlàr chunnartan corporra againn agus air an ath-sgrùdadh gach ràith leis an Sgioba Stiùiridh agus Comataidh Sgrùdaidh is Cunnairt againn. Bidh am Bòrd againn ag ath-sgrùdadh nan cunnartan aig an ìre as àirde a chunnart gach ràith cuideachd. Tha sinn daonnan a' sireadh leasachaidhean a thaobh abachd nan cunnartan againn is sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn mothachail air cunnartan a tha ag èirigh agus a' tighinn beò le cunnartan tro eòlas airson ar cuid sheirbheisean a lìbhrigeadh. Tha sinn air barrachd leasachaidh is mìneachaidh a thoirt seachad air ar càil chunnartan, air gnìomhan a chur an sàs airson an clàr chunnartan corporra a dhèanamh nas gnìomhaich agus air barrachd sgrùdaidhean a dhèanamh air na cunnartan corporra fad-ùine againn.

Tha na Pàipearan Air Cunnartan a thèid don Chomataidh In-sgrùdaidh is Chunnartan agus don Bhòrd rim faotainn le iarrtas.

A’ coimhead Air Adhart is Planaichean Ri Teachd

Mar a ghluaiseas sinn nas fhaisge air 2022, tha clachan-mìle àrainneachdail ann a phutas sinn a dh’ionnsaigh ar amais gum bi beairteas nàdair againn uile san àm ri teachd.

Chaidh aithisg Dasgupta fhoillseachadh sa Ghearran 2021, b’ i seo aithisg neo-eisimeileach eadar-nàiseanta air eaconamachd bith-iomadachd anns an robh prìomh mholaidhean a chuir an cèill gu bheil slighe ùr a dhìth airson soirbheachas seasmhach a ruighinn:

- Thoir stòras nàdair am meud – maoineachadh ann an slànachadh is gleidheadh beairteasan nàdarra
- Atharraich slatan-tomhais soirbheachas eaconamach – gabh ri Beairteas Ion-ghabhalta mar shlat-tomhais (seach GDP), gluais a dh’ionnsaigh cunntasachd calpa nàdarra
- Thoir lèir-atharrachadh air na h-institiudan is siostaman againn airson atharrachadh adhbharachadh is a ghleidheadh.

Thèid Co-labhairt nam Partaidhean (CoP) 15, Co-chruinneachadh air Iomadachd Bhith-eòlasach agus CoP 26, àrd-choinneamh nan Dùthchannan Aonaichte air atharrachadh na gnàth-shìde, air an cuireadh dàil ann an 2020, a chumail ann an 2021. Tha sinn an dùil fuasglaidhean stèidhichte air nàdar gam brosnachadh gu mòr.

Tha na clachan-mìle seo iomchaidh aig an àm seo airson barrachd stiùir ro-innleachdail a thoirt seachad is sinn a’ leasachadh plana corporra ùr airson 2022-2026. Anns a’ phlana seo, cuiridh sinn beum air adhbhar NàdarAlba is sinn a’ ceangal dhaoine le nàdar air sàillibh is gu bheil an saoghal againne is saoghal nan ginealaichean ri teachd an crochadh air. Tha prìomh adhbharan neartachadh bith-iomadachd is stiùireadh fhuasglaidhean nàdarra ro atharrachadh na gnàth-shìde nas cudromaiche na bha iad a-riamh an dèidh na dh’ionnsaich sinn uile an-uiridh.

Tha NàdarAlba air trì prìomh thairgsean a shònrachadh a bhios nan stèidh nar cuid planaidh is phrìomhachasan. ’S iad sin:

- A’ brosnachadh fhuasglaidhean nàdarra airson àrainneachd shoirbheachail a neartachadh don a h-uile duine;
- A’ dol am bad èiginn na gnàth-shìde is sinn air ceann riaghladh ghoireasan nàdarra cothromachadh carboin air muir is tìr; agus
- A’ mìneachadh luach eaconamach às ùr is sinn a’ daingneachadh nam buannachdan an cois calpa nàdarra.

Nì sinn seo is sinn a’ sgaoileadh ar cuid eòlais a chumas taic ri slànachadh nàdair, a’ toirt cùram do nàdar gus am bi e ann airson nan ginealaichean ri teachd agus a’ ceangal dhaoine is nàdar gus an dèan a h-uile duine oidhirp is a’ dol am bad èiginn an t-saoghail nàdarra againn. Nì sinn tur-atharrachadh air a’ bhuidhinn againn airson na prìomh thairgsean seo a thoirt gu buil tron fhrèam dealbhaidh bhuidhneil againn anns a bheil trì prìomh raointean; modal obrach ùr, daingneachd is slàinte nas fheàrr agus comas ceannardais nas fheàrr.

Bidh an t-slighe a chuireas sinn romhainn sa bhliadhna air thoiseach oirnn air leth cudromach is sinn a’ tilleadh an dèidh Covid-19. Cumaidh sinn taic ri slànachadh uaine anns a bheil carbon ìosal, èifeachd ghoireasan is ion-ghabhaltas sòisealta.

Geàrr-chunntas ionmhasail, àrainneachdail is sòisealta

Dèanadas ionmhasail

Buidseat agus maoineachadh airgid

Bithear a' tighinn gu aonta air buidseat le Riaghaltas na h-Alba (air a bheil Crìoch Chosgaisean Roinneil no DEL). Tha cosgaisean airgid an lùib seo, anns a bheil cosgaisean càrnte (calpa is obrach), glan de dh'ionmhas à tobraichean eile leithid teachd a-steach an lùib ghnìomhan, cosgaisean neo-airgid an lùib dìmeis, luach chrìonaidh agus luach-ìsleachadh.

Tha am buidseat bho Riaghaltas na h-Alba agus ath-obair a' bhuidseit tro 2020/21 ga shealltainn sa chlàr gu h-ìosal:

Seòrsa buidseit	Gnìomh Gach Buidseit £000	Ath-obair buidseit taobh a-staigh na bliadhna £000	Buidseat deireannach do 2020/21 £000
Goireas DEL	45,608	2,760	**48,368**
Goireas neo-airgid DEL	2,450	100	**2,550**
Goireas DEL Iomlan	**48,058**	**2,860**	**50,918**
Calpa DEL	**1,000**	**4,373**	**5,373**
Buidseat DEL Iomlan	**49,058**	**7,233**	**56,291**

Bha suim chuibhrichte de £1. 020m ri pàigheadh do JNCC an lùib an fhigeir de £45.608m ann an Achd a' Bhuidseit airson Goireas DEL.

Tha na h-ath-sgrùdaidhean buidseit taobh a-staigh na bliadhna de £7.233m co-cheangailte ri:

- £7.407m a bharrachd gu maoineachadh ath-stèidheachadh talamh-mòintich (cuibhrichte);
- £0.490m a bharrachd gu maoineachadh tabhartasan an cois maoin dùbhlain GovTech (cuibhrichte)
- £0.100m a bharrachd gu maoineachadh an cois atharrachaidhean ann an làithean-saora tàrmaichte aig luchd-obrach (neo-airgid)
- £0.436m a bharrachd gu maoineachadh caochladh iomairtean eile; agus
- às aonais ar cuibhrinn de £1.200m mar thaic do Phrògram Leasachaidh Dùthchail na h-Alba

Bha na h-ath-sgrùdaidhean buidseit taobh a-staigh na bliadhna de £7.233m nas ìsle ann an 2020/21 an coimeas ris a' bhliadhna an-uiridh (£11.632m) ri linn droch bhuaidh bacaidhean Covid-19 air obair ath-stèidheachadh talamh-mòintich a thòiseachadh.

Chaidh buidseat de £0.145m ceangailte ri Cosgaisean Stiùirichte Bliadhnail (AME) a liubhairt. A thaobh obair NàdarAlba, tha còmhdachadh buidseit ann airson solar ùr sam bith, cuid a dh'atharrachaidhean air solar, cìs corparaid agus cuideachd crìonadh-luach co-cheangailte ri atharrachaidhean an luachan bheairteasan air sgàth mhargaidhean caochlaideach. Ann an 2020/21, tha crìonadh-luach de £0.193m, stèidhichte air luachadh aig astar air talamh is togalaichean, an cois cosgaisean AME.

Tha na cunntasan ionmhasail le toraidhean na bliadhna a' tòiseachadh air **duilleig 76**.

Tha e mar riatanas oirnn gun stiùirich sinn an tionndadh a-mach againn a rèir crìochan buidseit Riaghaltas na h-Alba:

- Ann an 2020/21, chaidh crìoch buidseit DEL a stèidheachadh aig £56.291m. Tharraing NàdarAlba cosgaisean iomlan de £53.183m mu choinneimh na crìche seo, agus fo-chosg de £1.710m (2019/20: £1.020m fo-chosg) mar thoradh air sin, às dèidh cead airson fo-chosg de £1.398m fhaighinn. Tha seo air a sgrùdadh mar a leanas:
  - Fo-chosg de £0.593m mu choinneimh buidseat neo-cuibhrichte Goireas DEL de £44.844m
  - Fo-chosg de £0.417m mu choinneimh buidseat cuibhrichte Goireas DEL Peatland Action de £3.524m
  - Tar-chosg de £0.090m mu choinneimh buidseat neo-airgead Goireas DEL de £0.100m àir sgàth tionndadh a-mach mu choinneimh làithean-saora tàrmaichte aig luchd-obrach
  - Fo-chosg de £0.775m mu choinneimh buidseat cuibhrichte Calpa DEL Peatland Action de £3.883m
  - Fo-chosg de £0.015m mu choinneimh a' chòrr de bhuidseat Calpa DEL

Tha am fo-chosg iomlan de £1.192m air Peatland Action air sgàth droch aimsir sna mìosan mu dheireadh de 2020/21 cho math ri obair nach deach a dhèanamh aig deireadh na bliadhna ri linn dàilaichean bho bhacaidhean Covid-19 anns a' chiad leth de 2020/21. Far nach deach a dhèanamh, tha an obair seo ga toirt air adhart sa mhòrchuid gu 2021/22.

- B' e an tionndadh a-mach mu choinneimh buidseat AME fo-chosg de £0.309m. Bha seo air sgàth buaidh àrdachadh luachaidh bho ath-luachadh eadar-amail aig astar de thogalaichean, innealan agus uidheamachd a rinneadh ann an 2020/21.

Bha buidseat airgid againn de £53.741m (Goireas is Calpa DEL) agus tharraing sinn a-nuas £53.256m den chuibhreann seo. Tha an t-eadar-dhealachadh de £0.485m a' riochdachadh fo-chosg co-cheangailte ri pròiseact GovTech anmoch sa Ghearran 2021 nuair a chuireadh an t-iarrtas airson a' chuibhrinn mu dheireadh ann an 2020/21 a-steach do Riaghaltas na h-Alba.

Fìor-iomlan 2020/21

Tha am fìor-iomlan an aghaidh buidseit 2020/21 ga shealltainn sa chlàr gu h-ìosal:

	Fìor-iomlan £000	Buidseat £000	Fo-chosg Aontaichte[3] £000	(Fo)/ Tar-chosg £000
Cosgaisean iomlan a rèir chunntasan	51,878			
Atharrachaidhean cosgais/teachd a-steach air adhbharan buidseit	(4,520)			
Cosgaisean obrachaidh airgid	**47,358**	**48,368**	**-**	**(1,010)**
Cosgaisean obrachaidh neo-airgid	**1,727**	**2,550**	**(913)**	**90**
Cosgaisean goireas DEL	**49,085**	**50,918**	**(913)**	**(920)**
Cosgaisean calpa DEL	**4,098**	**5,373**	**(485)**	**(790)**
Fìor-iomlan an aghaidh Buidseat DEL	**53,183**	**56,291**	**(1,398)**	**(1,710)**
Gluasadan solair co-cheangailte ri AME	22			
Àrdachadh ath-luachaidh air togalaichean, innealan agus uidheamachd	(193)			
Cìs corparaid	7			
Fìor-iomlan an aghaidh Buidseat AME	**(164)**	**145**	**-**	**(309)**

3 Bha fo-chosg de £1.398m aontaichte le Riaghaltas na h-Alba agus tha seo ga thoirt air falbh bhon fhìor-iomlan a dh'èirich do bhuidseatan Goireas is Calpa neo-airgid DEL aig deireadh na bliadhna ionmhais.

Notaichean air fìor-iomlan buidseit	£000
Atharrachaidhean cosgais air airgead obrachaidh	
— dìmeas agus luach-chrìonadh	(1,537)
— àrdachadh ath-luachaidh air togalaichean, innealan agus uidheamachd	193
— cosgaisean calpa GovTech	(5)
— teachd a-steach a' maoineachadh so-mhaoinean calpa a cheannach	168
— cosgaisean 3as partaidh tabhartas talamh-mònadh, seòrsaichte mar chalpa	(3,108)
— gluasad air làithean-saora tàrmaichte aig luchd-obrach, seòrsaichte mar neo-airgead	(190)
— cosgaisean gan sealltainn an lùib sholaran	13
— sgaoileadh solar pheinseanan tràth	(4)
— tabhartas cuideachaidh calpa	(12)
— àrdachadh an lùib sholaran, seòrsaichte mar AME	(31)
— cosgaisean cìs corparaid, seòrsaichte mar AME	(7)
	(4,520)
Cosgaisean obrachaidh neo-airgid	
— dìmeas agus luach-chrìonadh	1,537
— gluasad air làithean-saora tàrmaichte aig luchd-obrach, seòrsaichte mar neo-airgead	190
	1,727
Meudachadh calpach	
— oighreachd, togalaichean, innealan agus uidheamachd agus so-mhaoinean do-bheantainn	1,255
— teachd a-steach a' maoineachadh so-mhaoinean calpa a cheannach	(168)
— cosgaisean GovTech	5
— cosgaisean 3as partaidh tabhartas talamh-mònadh, seòrsaichte mar chalpa	3,108
— luach fìor-iomlan air cuidhteasan ghoireasan	(114)
— tabhartas cuideachaidh calpa	12
	4,098

B' e £2.664m (2019/20: £2.983m) an teachd a-steach an lùib thachartasan. Bha an t-ìsleachadh mar thoradh air buaidh Covid-19.

Am measg na chuireadh ri goireasan calpa mòra bha:

— Ùrachadh charbadan, carbadan dealain nam measg	£0.532m
— Tasgadh ann an toglaichean is uidheamachd nan NNR	£0.206m
— Bun-structar siostaman fiosrachaidh	£0.152m

Bha iomlan làithreach so-mhaoinean de £1.631m aig 31 Màrt 2021 (2019/20: iomlan làithreach so-mhaoinean de £0.041m). Tha an t-àrdachadh seo mar thoradh air ìrean nas àirde de dh'airgead agus so-mhaoinean aig 31 Màrt 2021 – sgrùdadh a bharrachd ann an notaichean **18** agus **19**.

So-sheasmhachd Ionmhasail

Chan eil am prìomh mhaoineachadh taic air gluasad o chionn beagan bhliadhnaichean ach tha cothroman maoineachaidh ùra air nochdadh a chumas taic ris na h-amasan againn. Tha sinn an dùil gum faic sinn buaidh eaconamach leantainneach Covid-19 fad iomadh bliadhna ri teachd. Tha sinn a' lasachadh na buaidh seo is sinn ag ullachadh plana ionmhais fad-ùine anns a bheil planaichean ro dhiofar shuidheachaidhean anns a bheil àrdachaidhean is gearraidhean don phrìomh thabhartas maoineachaidh is sruthan teachd a-steach eile. Thèid dòighean eile a shònrachadh far an urrainn dhuinn na cosgaisean againn a lùghdachadh is amasan a' Phlana Chorporra a thoirt gu buil tron mhaoineachadh againn ann an dòighean-obrach nas fheàrr agus beum air phrìomhachasan obrach.

Sàr Luach

Tha e fa-near dhuinn sàr luach a liubhairt a rèir stiùireadh Riaghaltas na h-Alba air Sàr Luach na Seirbheis Poblaich.

A' cumail ri prionnsapalan air sàr luach, bidh sinn a' coileanadh seo tro:

— am plana corporra agus plana gnìomhachais againn, a tha gu soilleir a' cur an cèill ar lèirsinn fad-ùineach agus ar dreuchd ceannardais air call bith-iomadachd agus a' stiùireadh fuasglaidhean air atharrachadh na gnàth-shìde a tha stèidhte air nàdar
— ar cuid ceannardais ann an 2020/21 is sinn a' toirt a-steach planaichean 90 latha a leigeas leinn freagairt gu sùbailteach air na dùbhlain an cois Covid-19
— an dòigh-obrach againn an lùib com-pàirteachais, a tha mar bhun-stèidh air gach rud a nì sinn, is sinn a' com-pàirteachadh le iomadh buidheann eile
— ar cuid riaghlaidh is cunntalachd, a chithear san structar stiùiridh, na poileasaidhean agus sa cheannardas againn, anns a bheil stiùireadh is aithriseachd shoilleir, cho math ri siostaman daingeann airson co-dhùnaidhean, buidseatan agus làimhseachadh cunnairt a thoirt gu buil
— an dòigh-obrach againn an lùib riaghladh ghoireasan is sinn a' cumail oirnn a' sgrùdadh teachd a-steach, caiteachas is in-iomhas calpa ris a bheilear an dùil, a' dèanamh an fheum as motha de dh'èifeachdasan an cois solair, agus mar a chleachdas sinn na daoine, toglaichean, fearann is teicneòlas againn anns an dòigh fheàrr airson an cuid builean a lìbhrigeadh
— stiùireadh dèanadais, a tha ga leantainn tron bhliadhna agus ga aithris gach ràithe dhan Sgioba Cheannardais agus dhan Bhòrd airson dearbhadh gu bheil sinn a' coileanadh thargaidean is builean ceangailte ri Frèam-obrach Dèanadais Nàiseanta agus Prògram an Riaghaltais
— an dòigh-obrach againn air co-ionannas is urram san àite-obrach, a tha nam bun-stèidh air ar cuid luachan is dòighean-giùlain, an dà chuid a thaobh mar a bhios sinn a' dèiligeadh ri luchd-obrach agus mar a bhios sinn a' stiùireadh a' ghnìomhachais
— seasmhachd agus ga filleadh a-steach don dòigh-obrach againn – tro dhòighean ceannaich, a' cleachdadh nan oifisean againn gu èifeachdail, agus na dòighean siubhail is cumhachd againn

Ion-ghabhaltas Sòisealta

'S i lèirsinn NàdarAlba gun tèid Alba aithneachadh ro 2030 mar dhùthaich a tha a' toirt seachad ceannardais a thaobh gleidheadh is neartachadh nàdair. Airson seo a choileanadh, bu toil leinn gun tigeadh barrachd dhaoine an sàs ann an nàdar agus na buannachdan fhaighinn às. Tha ar cuid obrach le buidhnean is coimhearsnachdan a tha a' fulang ana-chothrom air leantainn tro 2020/21 is sinn a' feuchainn ri cur às do chuid de na cnapan-starra eadar daoine is nàdar. Tha cuid de na prìomh sgeulachdan rim faicinn gu h-ìosal.

Bidh sinn a' cleachdadh fianais airson ar stiùireadh is sinn a' stèidheachadh is a' lìbhrigeadh nam builean againn. Tha na **sgrùdaidhean nàiseanta** againn a' cruinneachadh dàta air buidhnean glèidhte is a' sealltainn nach eil daoine nas sine, daoine a tha a' fuireach sna sgìrean as bochda, daoine de chinneadh BAME agus daoine le tinneas maireannach no ciorram air an riochdachadh a thaobh thursan air a' bhlàr a-muigh. A rèir an rannsachaidh againn, tha sinn air beagan adhartais a dhèanamh bho 2012 a thaobh barrachd com-pàirteachaidh am measg dhaoine nas sine na 65 agus dhaoine anns na sgìrean as bochda. Ach chan eil uiread a dh'fhianais ann airson innse gu bheil atharrachadh mòr ann a thaobh com-pàirteachadh am measg dhaoine de chinneadh BAME no dhaoine air a bheil tinneas maireannach no ciorram.

Rinn cùis-èiginn Covid-19 na h-ana-chothroman buan seo nas nochdte. A rèir **rannsachadh** a rinn NàdarAlba anns a' chiad sia mìosan den lèir-sgaoileadh, rinn mòran daoine air a' bhlàr a-muigh is bha iad an sàs na bu bhitheanta le nàdar aig an àm seo agus buaidh mhath air slàinte is sunnd aig a' mhòr-chuid air sàillibh seo, gu h-àraid air slàinte-inntinn. Ach chuir an rannsachadh beum air an ana-chothrom a thaobh cothroman air gàrraidhean is raointean math uaine a chleachdadh a tha ann fhathast gu h-àraid am measg inbheach nas òige, dhaoine nach eil cho beairteach agus dhaoine air a bheil tinneas no ciorram maireannach. Tha an rannsachadh air atharrachadh dòigh-beatha tron ghlasadh air cur ris an iomairt chonaltraidh is chom-pàirteachaidh againn **Dèan Àite Dha Nàdar.**

Lean am prògram ceumnaiche ann an 2020/21 a stiùirich an iomairt againn 'A' dèanamh Cheanglaichean Nàdarra'. Chaidh na cnapan-starra ro chom-pàirteachadh le nàdar a rannsachadh, gu h-àraid am measg bhuidhnean fo ana-chothrom tro sgrùdadh-cùise aig Tèarmann Nàdair Nàiseanta Tentsmuir (NNR) agus Dùn Dè airson dòighean a mholadh a dhèanadh na Tèarmainn againn nas fhasa a chleachdadh agus nas com-pàirtiche. Chaidh ceithir buidhnean sluaigh a thaghadh stèidhichte air an obair rannsachaidh:

— Dachaighean le teachd a-steach ìosal
— Coimhearsnachdan de chinneadh Dubh is de Chinnidhean Mion-sluaigh
— Daoine fo thrioblaidean slàinte-inntinn
— Daoine le cùisean slàinte chorporra is ciorraman.

'S e pròiseact air leth soirbheachail a bha seo agus cnapan-starra air an sònrachadh agus cuid air am fuasgladh, le grunn bhuidhnean an sàs agus molaidhean anns an **aithisg dheireannaich**. Chaidh leabhar-làimh 'Engaging Under-represented Groups' a sgrìobhadh don luchd-obrach mar phàirt den phrògram ceumnaiche.

Lean na cothroman com-pàirteachaidh anns na Tèarmainn Nàdair Nàiseanta againn ach chuir buaidh Covid-19 bacadh air an uiread de chothroman a b' urrainn dhuinn tabhann ann an 2020. Am measg a' bhun-structair a mhaoinich sinn ann an 2020/21, rinn sinn ath-sgeadachadh air goireasan toileat aig Eaglais Chiric NNR far an deach taigh-beag Changing Places a chur ann airson cothroman so-ruigsinneachd a thoirt am feabhas. Chaidh falachan fiadh-bheatha ùr le slighe inntrigidh nas fheàrr a thogail an àite an t-seann fhalachain aig Cair Labharaig NNR.

Bha sinn a' co-obrachadh le com-pàirtichean a leithid prògram **Backbone CIC CLP, Paths for All, TCV Alba, Volunteering Matters** agus **Urras John Muir** agus lean ar cuid maoineachaidh air grunn phròiseactan a tha ag amas air buidhnean mion-sluaigh no le cion riochdachaidh. Tha grunnan de na maoinean làthaireach air an taobh a-muigh ag amas air ceangal eadar daoine is nàdar agus tha iad a' cur prìomhachas air coimhearsnachdan is buidhnean air an iomall a leithid nam maoin **Taic Ro-innleachdail Bun-structair Uaine (GISI), Maoin Ionnsachadh A-muigh ann an Nàdar (OLIN), Maoin Slighean an Ama Ri Teachd** agus **Maoin Dualchais Nàdarra is Cultaraich.**

Tha grunnan phròiseactan GISI air taic a chumail ri obair iomairtean sòisealta a leithid **Broomhouse Market Garden** far am bi tuathanas coimhearsnachd beag bonntaichte air modal iomairt shòisealta ann am Broomhouse, sgìre far a bheil iomadh easbhaidh ann an Dùn Èideann. Chaidh taic a chumail ri iomairtean sòisealta eile a leithid **Gathering Ground** ann an Glaschu is **Com-pàirteachas Mharc Innis** ann an Inbhir Nis. Tha an obair seo uile mar thoradh air mar as urrainn do NàdarAlba taic a chumail ri Slànachadh Uaine a tha a' freagairt an dùbhlain dhùbailte, 's e sin atharrachadh na gnàth-shìde is call bith-iomadachd, mar phàirtean riatanach an cois eaconamaidh fhallaineachd nas daingne is nas com-pàirtiche.

